

Nàiseanta 5 Eachdraidh

Còd a' chùrsa:	C872 75
Còd measaidh a' chùrsa:	X872 75
SCQF:	Ìre 5 (24 SCQF puingean creideis)
Dligheach bho:	seisean 2017–18

Tha sònrachadh a' chùrsa a' tabhann fiosrachadh mionaideach mun chùrsa is mu measadh a' chùrsa gus dèanamh cinnteach gun tèid measadh cunbhalach is soilleir a dhèanamh bliadhna an dèidh bliadhna. Tha e a' toirt cunntas mu structair a' chùrsa agus mu measadh a' chùrsa a thaobh nan sgilean, an eòlais agus na tuigse a thathas a' measadh.

'S ann dha tidsearan is òraidichean a tha an sgrìobhainn seo agus tha am fiosrachadh riatanach air fad ann airson an cùrsa a libhrigeadh.

Clàr-innse

Geàrr-iomradh den chùrsa a' gabhail a-steach ùine	1
Feallsanachd a' chùrsa	2
Adhbhar is amasan	2
Co dha a tha an cùrsa seo?	3
Susbaint a' chùrsa	4
Sgilean, eòlas is tuigse	4
Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach	31
Measadh a' chùrsa	32
Structar measaidh a' chùrsa: pàipear nan ceistean	33
Structar measaidh a' chùrsa: obair shònraichte	34
Rangachadh	38
Co-ionannachd is in-ghabhaltas	39
Fiosrachadh a bharrachd	40
Pàipear-taic 1: notaichean taic a' chùrsa	41
Ro-ràdh	41
A' leasachadh sgilean, eòlas is tuigse	41
Dòighean ionnsachaidh, teagaisg is measaidh	41
Ag ullachadh airson measadh cùrsa	42
Pàipear nan ceistean	42
A' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach	50
Pàipear-taic 2: stiùireadh air measaidhean a chruthachadh airson Nàiseanta 5	52
Ro-ràdh	52
Stiùireadh:	52

Geàrr-iomradh den chùrsa a' gabhail a-steach ùine

Tha 24 puingeann creideis SCQF anns a' chùrsa a' gabhail a-steach ùine ullachaidh airson measadh a' chùrsa. Thathas den bheachd gum feum tagraiche 160 uair a thìde airson crìoch a chur air a' chùrsa.

Eileamaid	Comharran	Ùine
Eileamaid 1: pàipear nan ceistean	80	2 uair a thìde agus 20 mionaid
Eileamaid 2: obair-shònraichte	20	Uair a thìde

Inntrigeadh a th' air a mholadh	Adhartas
<p>Tha inntrigeadh dhan chùrsa seo a rèir cead bhon ionad.</p> <p>Bu chòir dha tagraichean an ceathramh ìre curraicealaim a choileanadh no cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 4 no teisteanasan co-ionann agus/no eòlas mus tòisich iad air a' chùrsa seo.</p>	<ul style="list-style-type: none">◆ Cùrsa Eachdraidh aig Àrd-Ìre◆ Sgrùdadh a bharrachd, cosnadh no trèanadh

Cùmhnantan duaise

Tha am bann a thèid a bhuileachadh stèidhichte air na comharran iomlan a gheibhear thairis air eileamaidean measaidh a' chùrsa air fad.

Feallsanachd a' chùrsa

Tha luachan, rùintean is prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr Mhathais fillte a-staigh anns na Cùrsaichean Nàiseanta. Tha iad a' tabhann sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, barrachd cuimseachaidh air sgilean agus air cleachdadh ionnsachaidh agus cothrom airson pearsanachadh is roghainn.

Tha a h-uile cùrsa a' toirt cothrom dha tagraichean leasachadh a dhèanamh air farsaingeachd, dùbhlán is cleachdadh. Tha fòcas is cothromachadh sònraichte ann airson gach cuspair fa leth.

Ann an cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 5, bidh tagraichean a' leasachadh an tuigse mun t-saoghal le bhith ag ionnsachadh mu dheidhinn dhaoine eile agus an luachan, aig diofar amannan, ann an diofar àiteachan agus shuidheachaidhean. Tha an cùrsa a' cuideachadh thagraichean le mapa den àm a chaidh seachad a leasachadh agus le spèis is tuigse a thoirt do na nithean a thug cumadh air an t-saoghal an-diugh.

Bidh eòlas cuspaireach agus tuigse mu thachartasan eachdraidheil a' cuideachadh tagraichean mar luchd-tabhartais èifeachdach dhan chomann sòisealta. Bidh iad a' leasachadh bheachdan cudromach leithid: spèis dha luachan, creideamhan is cultaran chàich; fosgailteachd gu smuaintean is beachdan ùra; agus faireachdainn de dhleastanas is saoranachd chruinneil.

Tha an cùrsa a' cur cudrom air leasachadh is cleachdadh sgilean. Bidh luachadh air raon farsaing de stòran a' leasachadh sgilean smaoinichaidh. Bidh cleachdadh is co-chur fiosrachaidh a' leasachadh sgilean ann an litearrachd. Bheir gnìomhan rannsachail is breithneachail cothrom dha tagraichean eòlas fhaighinn airson com-pàirteachadh ann an obair buidhne agus airson a bhith ag obair leotha fhèin.

Adhbhar is amasan

Bidh tagraichean a' togail farsaingeachd is doimhneachd nan eòlas is nan tuigse mun àm a dh'fhalbh tro sgrùdadh cho-theacsaichean Albannach, Breatannach, Eòrpach is Cruinneil ann an caochladh amannan tìm. Tha roghainnean a' gabhail a-steach chuspairean bho amannan Meadhan-Aoiseil, amannan aig toiseach is deireadh nan Nuadh-Aoisean is a' gabhail a-steach eileamaidean de dh'eachdraidh phoilitigeach, shòisealta, eaconamach is chultarach. Faodar an dòigh dèiligidh is an tuigse a chleachdadh ann an suidheachaidhean is cùisean eachdraidheil eile.

Bidh tagraichean a' leasachadh:

- ◆ tuigse bheachdail mun àm a dh'fhalbh agus comas air a bhith a' smaoinichadh gu neo-eisimeileach
- ◆ comas sealladh mionaideach eachdraidheil a chleachdadh agus stòran a luachadh ann an raon de cho-theacsaichean
- ◆ tuigse mhionaideach de na feartan a tha a' cur ri agus air buaidh a thoirt air tachartasan eachdraidheil

- ◆ sgilean airson tachartasan eachdraidheil a rannsachadh agus le fianais, a' tighinn gu lèirsinn
- ◆ sgilean mìneachaidh is mion-sgrùdaidh thachartasan eachdraidheil agus a' tighinn gu co-dhùnidhean reusanta

Co dha a tha an cùrsa seo?

Tha an cùrsa freagarrach airson raon farsaing de luchd-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha airson tuigse air eachdraidh a leasachadh agus dhan fheadhainn a tha airson gluasad air adhart agus speisealachadh ann an tuilleadh sgrùdaidh ann an eachdraidh.

Susbaint a' chùrsa

Tha trì roinnean sgrùdaidh ann an cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 5. Tha deagh shùbailteachd anns na co-theacsaichean is sna cuspairean a dh'fhaodar a sgrùdadh anns gach roinn airson comas a thoirt air pearsanachadh is roghainn.

Bidh tagraichean a' leasachadh eòlas is tuigse de na roinnean a leanas ann an sgrùdadh eachdraidheil. Anns gach cùis, tha iad a' faighinn cothrom sgrùdadh a dhèanamh air tachartasan is cuspairean bho na h-amannan Meadhan-Aoiseil, agus aig toiseach is deireadh Nuadh-Aoisean.

- ◆ Sgrùdadh Eachdraidheil: Alba
- ◆ Sgrùdadh Eachdraidheil: Breatann
- ◆ Sgrùdadh Eachdraidheil: An Roinn Eòrpa is an Saoghal

Sgilean, eòlas is tuigse

Sgilean, eòlas is tuigse airson a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt seachad geàrr-iomradh farsaing air na sgilean cuspaireach, eòlas is tuigse a th' air an leasachadh sa cùrsa:

- ◆ a' leasachadh is a' cleachdadh sgilean, eòlas is tuigse thairis air co-theacsaichean bho eachdraidh na h-Alba, Bhreatainn, na Roinn Eòrpa agus an t-Saoghail
- ◆ a' luachadh tùs, adhbhar, susbaint agus/no co-theacsa stòran eachdraidheil
- ◆ a' luachadh buaidh leasachaidhean eachdraidheil
- ◆ a' taisbeanadh fiosrachadh ann an dòigh eagraichte
- ◆ a' luachadh nam feartan a tha a' cur ri leasachaidhean eachdraidheil
- ◆ a' tighinn gu co-dhùnaidhean reusanta le taic bho fhianais
- ◆ le stiùireadh cuingealaichte, a' rannsachadh is a' mion-sgrùdadh fiosrachadh eachdraidheil
- ◆ a' leasachadh eòlas is tuigse a tha mionaideach is ceart air cuspairean is tachartasan eachdraidheil ann an co-theacsaichean Albannach, Breatannach, Eòrpach is Cruinneil.

Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt mionaideachd seachad de na sgilean, an eòlas is an tuigse a th' ann am measadh a' chùrsa.

Eileamaid 1: pàipear nan ceistean

Tha trì earrannan ann am pàipear nan ceistean, a' còmhdach raon chuspairean ann an eachdraidh na h-Alba, Bhreatainn, na Roinn Eòrpa agus an t-Saoghail. Feumaidh tagraichean aon phàirt bho gach earrainn a fhreagairt. Tha roghainnean anns gach earrainn airson cothroman a thabhainn airson pearsanachadh is roghainn. Bidh sampail anns a' phàipear cheist bhon eòlas is bhon tuigse mar a leanas:

Earrann 1: Sgrùdadh Eachdraidheil: Alba	
Pàirt 1: Cogaidhean Saorsa na h-Alba, 1286–1328	
Sgrùdadh air leasachadh ionannachd nàiseanta is mothachadh tro chogaidhean Anglo-Albannach nan 13mh agus 14mh linntean, a' sealltainn chuspairean ùghdarras, còmhstri is ionannachd.	
Prìomh chùisean	Tuairisgeul susbaint
Duilgheadas mun rìgheachadh, 1286–1292	Alba 1286–92: an duilgheadas mun rìgheachadh an dèidh bàs Alexander III; freagairt na h-Alba — Còrdadh Bhirgham; bàs Maighdeann Nirribhidh; ath-thagrachd Alba gu Èideard I — an co-dhùnadh aig Norham; Brus an aghaidh Balliol, a' Chùis Mhòr agus roghainn Èideird.
Balliol agus Èideard I 1292–1296	Èideard mar uachdaran air Alba; freagairt na h-Alba; an cogadh Anglo-Frangach agus an còrdadh Frangach-Albannach; ceannsachadh na h-Alba; sgrios Bhearaig; call Bhalliol; sparradh ùghdarras Èideird.
Uilleam Uallas, 1296–1305	Uilleam Uallas: adhbharan is adhartas an ar-a-mach aige; a bhuaidh ann an Sruighlea agus a' bhuaidh a bh' aice air Albannaich is air Alba; Uallas mar Neach-gleidhidh; Blàr na h-Eaglaise Brice agus na h-adhbharan airson fàilligeadh; buaidh a' challa.
Raibeart Brus, 1306–1328	Raibeart Brus: glòir-mhiannan nam Brusach; còmhstri Raibeart le luchd-dùbhlain Albannach is a bhuaidh thairis orra; a bhuaidh thairis air na Sasannaich, a' gabhail a-steach Allt a'

	Bhonnaich; adhbharan airson na buaidhe; Glaodhach Obar Bhrothaig – còrdadh Dhùn Èideann - Northampton, 1328.
--	--------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

Pàirt 2: Màiri Banrigh na h-Alba, agus an t-Ath-Leasachadh, 1542–1587

Sgrùdadh de dh'atharrachadh cràbhach is poilitigeach agus còmhstri ann an Alba san 16mh linn ann an Alba, a' nochdadh cuspairean a' chrùin, na h-eaglaise is an ùghdarrais.

Prìomh chùisean

Tuairisgeul susbainte

Màiri bhon 't-Suirghe Gharbh' gu bhith na banrigh air an Fhraing, gu 1559

Comann sòisealta na h-Alba agus an Eaglais sna 1540an: uachdarain, borghan, pearsachan clèire; cumhachd na monarcachd is nan uaislean aig àm bàs Sheumais V. Creideamh, eagrachadh na h-Eaglaise, fàilligeadh ann an oidhirpean ath-leasachaidh. Dàimh le Sasainn is leis an Fhraing: an 't-suirghe gharbh'; gluasad Màiri dhan Fhraing. A suidheachadh rioghail nuair a thàinig Ealasaid I gu bhith na banrigh.

An t-Ath-Leasachadh ann an Alba gu 1587

Fàs Pròstanachd ann an Alba: Wishart agus Knox agus Calbhanachas. Morairean a' Choitheanail. Ar-a-mach an aghaidh Màiri à Guise; eadraiginn nan Sasannach. Còrdadh Dhùn Èideann. Adhbharan airson geur-leanmhainn nan Caitligeach. Dearbhadh an Ath-Leasachaidh ann an Alba: Seumas IV òg; Anndra Melville agus leasachadh Clèireachd sna 1570an. Eaglais na h-Alba agus na Gnìomhan Dubha, 1580an.

Rìoghachadh Màiri, 1561–1567

Màiri Banrigh na h-Alba ann an Alba: an tilleadh às an Fhraing; pearsantachd, suidheachaidhean, poileasaidh. Dàimhean le Ealasaid I. Dàimhean le Moray agus le uaislean na h-Alba. Pòsadh; murt Riccio agus Darnley, pòsadh le Bothwell. Ar-a-mach an aghaidh Màiri; a glacadh, a diobaireachd, a prìosanachadh, a teiche, Blàr Langside agus a fògarrachd.

Màiri ann an Sasainn, 1567–1587

Suidheachaidhean dioplòmasach Ealasaid I, prìosanachadh Màiri; Màiri an sàs ann am plotan Caitligeach: Ridolfi, Throckmorton, Parry, Babington. Cùirt is Màiri ga cur gu bàs.

Pàirt 3: Cùmhnant an Aonaidh, 1689–1715

Sgrùdadh air na h-adhbharan airson Cùmhnant an Aonaidh eadar Pàrlamaidean na h-Alba is Shasainn ann an 1707, na deasbadan mu ghabhail ris a' Chùmhnant, a chùmhnantan agus a ghrad-bhuaidh air Alba, a' foillseachadh ionannachd, ùghdarras is còmhstri.

Prìomh chùisean

Tuairisgeul susbaint

Dàimhean le Sasainn a' fàs nas miosa, 1689–1707

An dàimh eadar Alba is Sasainn an dèidh 1689: An Crùn, An Eaglais, A' Phàrlamaid, stiùireadh poilitigeach. Adhbharan strì eadar Alba is Sasainn: eaconamaidh, creideamh, an rìoghachadh. Achdan Stiùiridh; cogaidhean cèin Shasainn; duilgheadasan eaconamach na h-Alba, gort. Sgeama Darien agus tachartas Worcester; Achd na Tèarainteachd agus Achd nan Coigreach. Coimiseanairean gan cur an dreuchd.

Argamaidean airson is an aghaidh an Aonaidh

An deasbad mu ionannachd na h-Alba: adhbharan airson taic dhan Aonadh; adhbharan airson a dhol an aghaidh an Aonaidh. Beachdan Albannaich air an Aonadh: borghan, pearsachan clèire, uachdarain.

Pàrlamaid na h-Alba a' gabhail ri Cùmhnant an Aonaidh

Pàrtaidhean is pearsantachdan ann am Pàrlamaid na h-Alba: Queensberry, Hamilton, Fletcher. Dreuchd Sgudron Volante, pàrtaidhean cùirte is dùthcha. An-fhois ann an Dùn Èideann is an àitichean eile. Adhbharan airson gun ghabh na h-Albannaich ris a' Chùmhnant: ceist na coirbteachd.

Buaidh an Aonaidh, gu 1715

Cùmhnantan a' Chùmhnaint. Buaidhean eaconamach, poilitigeach, cràbhach is laghail. Faireachdainn nan Albannach a thaobh an Aonaidh suas gu 1715. Na h-adhbharan airson ar-a-mach nan Seumasach ann an 1715.

Pàirt 4: Imrich agus lompaireachd, 1830–1939

Sgrùdadh air adhbharan is toraidhean gluasad sluaigh a-steach is a-mach à Alba anns an àm bho na h-1830an gu na 1930an, a' cuimseachadh air cùisean ionannachd is coimhearsnachd agus air fèin-eòlasan luchd-imrich nan dùthchannan ùra is nan coimhearsnachdan.

Prìomh chùisean

Tuairisgeul susbaint

Imrich a dh'Alba, 1830an–1939

Adhbharan airson imrich chaochladh bhuidhnean agus pàtran tuineachaidh a' gabhail a-steach Èireannaich, Lituàineanaich, Iùdhaich is Eadailtich; buaidh na h-lompaireachd air Alba, a' gabhail a-steach gnìomhachas is malairt.

Fèin-fhiosrachadh in-imrichean a dh'Alba, 1830an–1939

Fèin-fhiosrachadh nan imrichean — suidheachaidhean beatha, cosnadh. Albannaich is Èireannaich: cumhachdan cràbhaidh is cultarach a' ceangal na coimhearsnachd Èireannaich ann an Alba; dàimhean eadar imrichean agus na h-Albannaich — gnàth-ìomhaigh is firinn. Buaidh eaconamach, shòisealta is phoilitigeach imrich.

Eilthireachd Albannach, 1830an–1939

Adhbharan airson eilthireachd: bochdainn; Fuadach nan Gàidheal; obair mhiseanaraidhean; èifeachdas comainn eilthireach is sgeamaichean riaghaltais; tàladh dhùthchannan ùra (me cothrom eaconamach is fearann saor).

Fèin-fhiosrachadh Albannaich thall-thairis, 1830an–1939

An t-Albannach thall-thairis: na ceàrnaidhean gun deach Albannaich— (me na h-Innseachan, Aimeireaga a Tuath, Astralàisia; dreuchd eilthirich Albannach ann an leasachadh an 't-Saoghail Ùir' — àiteachas, saothrachadh, innleadaireachd is mèinneadh; foghlam; ionmhas; poilitigs); tabhartas Albannaich fa leth dhan dùthchannan ùra — (me Anndra Carnegie, Iain Muir, Anndra Fisher).

Pàirt 5: Linn a' Chiad Chogaidh Mhòir, 1900–1928

Sgrùdadh air eòlas Albannaich sa Chogaidh Mhòr agus a' bhuidh a bh' aige air beatha ann an Alba. Tha an cuspair seo a' beachdachadh air buaidh teicneòlais air na saighdearan air an Aghaidh an Iar. Tha e cuideachd a' beachdachadh air an dòigh anns na dh'atharraich an cogadh beatha an fheadhainn a bh' aig an taigh mar a bha an cogadh a' tòiseachadh a' toirt buaidh air gach taobh den bheatha an dà chuid, rè a' chogaidh agus às a dhèidh.

Prìomh chùisean	Tuairisgeul susbaint
Albannaich aig an Aghaidh an Iar	Trusadh; fèin-eòlas air beatha anns na trainnsichean; ro-innleachdan armailteach; teicneòlas cogaidh — gas, tancaichean, beairt-ghunnachan, plèanaichean, gunnachan mòra.
Buaidh dhachaigheil a' chogaidh	Achd Dìon na Rìoghachd; cuibhreannadh; dreuchdan bhoireannaich sa chomann shòisealta ag atharrachadh; propaganda; co-sgrìobhadh is luchd-aghaidh mhothachail; leòintich is bàsan.
Buaidh dhachaigheil a' chogaidh: gnìomhachas is eaconamaidh	Obair a' chogaidh a' gabhail a-steach obair bhoireannaich; dreuchdan glèidhte; crìonadh gnìomhachais throm an dèidh a' chogaidh; buaidh air iasgach is àiteachas; gnìomhachasan ùra sna 1920an.
Buaidh dhachaigheil a' chogaidh: poilitigs	Buaidh iomairtean airson còir-bhòtaidh bhoireannaich; stailcean màil; leudachadh air ceadachd; dachaighean dha gaisgich.

Earrann 2: Sgrùdadh Eachdraidheil: Breatann

Pàirt 1: Cruthachadh nan Rìoghachdan Meadhan-Aoiseil, 1066–1406

Sgrùdadh air buaidh, ionnsaigheach is sìtheil, agus na h-atharrachaidhean a thàinig na dèidh, le bhith a' sgrùdadh buaidh armailteach nan Normanach air Sasainn san 11mh linn agus an tuineachadh ann am Breatainn an dèidh sin anns na 12mh –14mh linntean; 's e na cuspairean còmhstri, buaidh is cumhachd.

Prìomh chùisean	Tuairisgeul susbaint
Na Normanaich is an comann fiùdalach	Tagradh Uilleim airson rìgh-chathair Shasainn; Blàr Hastings, daingneachadh cumhachd sa gheàrr-ùine a' gabhail a-steach sgiùrsadh an taobh Tuath. Daingneachadh cumhachd san ùine fhada a' gabhail a-steach caistealan Motte agus Bailey. Na Normanaich ann an Alba: adhbharan airson buaidh nan Normanach air Daibhidh I. Normanachadh Alba a' gabhail a-steach oifigearan riaghaltais.
Cumhachd rìoghail ann an rìgheachadh Eanraig II	Duilgheadasan Eanraig II nuair a thàinig e gu bhith na rìgh a' gabhail a-steach feachdan prìobhaideach nam baran. Ath-leasachaidhean laghail is rianachd Eanraig. Argamaid Eanraig leis an Àrd-Easbaig Tòmas Becket, tachartasan is buaidh murt Bhecket a' gabhail a-steach Eanraig ga chuipeadh le manaich Chanterbury. Ar-a-mach Mòr 1173–1174.
Dreuchd na h-Eaglaise san Rìoghachd Mheadhan-Aoiseil	Cudromachd na h-Eaglaise sa chomann shòisealta a' gabhail a-steach an t-siostaim fhiùdalaich. Cudromachd creideimh a' gabhail a-steach creidsinn ann am beatha an dèidh bàs, pàirtean nan eaglaisean saoghalta is riaghailteach sa chomann shòisealta a' gabhail a-steach cùisean spioradail, eaconamach is poilitigeach. Beatha is dreuchan sagairt is manaich. Naoimh, cuimhneachain is taistealachd.
Crìonadh a' chomainn fhiùdalaich	Am Bàs Dubh a' gabhail a-steach comharran den Bhàs Dhubh. Buaidh a' Bhàis Dhuibh air an t-sluagh mheadhan-aoiseil a' gabhail a-steach atharrachadh ann am beachdan sòisealta. Ar-a-mach Luchd-tuatha a' gabhail a-steach adhbharan. Tachartasan is buaidh Ar-a-mach an

	Luchd-tuatha a' gabhail a-steach murt Àrd-Easbaig Chanterbury. Fàs bhailtean a' gabhail a-steach fàs air malairt.
--	-------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

Pàirt 2: Cogadh nan Trì Rìoghachdan, 1603–1651

Sgrùdadh air tùsan a' Chogaidh Chatharra eadar Teàrlach I agus a' Phàrlamaid, a' sealltainn nan cuspairean, ùghdarras, còraichean is còmhstri. Tha an cuspair seo a' beachdachadh air duilgheadasan a dh'èirich bho Aonadh nan Crùintean, beachdan mu Chòir Diadhaidh Rìghrean agus dreuchd na Pàrlamaid ann an riaghladh Alba is Shasainn.

Prìomh chùisean

Tuairisgeul susbaint

Cùisean poilitigeach, 1603–1625

Nàdar ùghdarras rìoghail fo Sheumas VI agus I: a phearsantachd; Còir Diadhaidh Rìghrean; mar a bha Alba is Sasainn air an riaghladh an dèidh Aonadh nan Crùintean; argamaidean le Pàrlamaid mu theachd-a-steach is creideamh.

Riaghladh Theàrlaich I ann an Sasainn is Alba, 1625–1640

Na bliadhnaichean tràth 1625–1629: dìleab Sheumais VI agus I; pearsa Theàrlaich I; Creideamh, poilitigs, ionmhas, poileasaidh cèin fo Teàrlach I.

Riaghladh Pearsanta 1629–40: crùnadh; creideamh, poilitigs, ionmhas, poileasaidh cèin fo Theàrlach I. Beatha sa chùirt fo Theàrlach I. Cogaidhean nan Easbaigean.

Dùbhlain gu ùghdarras rìoghail

Dùbhlain gu ùghdarras rìoghail ann an Sasainn fo Theàrlach I: còmhstrithean le Pàrlamaid; Buckingham; Strafford; 'aintighearnas nan aon bliadhna deug'; dòighean air airgead a thogail; airgead shoithichean agus Hampden.

Dùbhlain gu ùghdarras rìoghail ann an Alba fo Theàrlach I: fearann; teannachaidhean cràbhaidh; Laud agus leabhar nan ùrnaighean. Strì ann an Alba; ùpraid Naomh Giles; an Cùmhnant; ionnsaigh air Sasainn.

Cogadh agus pàirt Cromwell, gu 1651

Na ceuman gu toiseach cogaidh; A' Phàrlamaid Ghoirid; A' Phàrlamaid Fhada; Pym agus na laghan ùra; murt Strafford; ar-a-mach nan Èireannach; 'glacadh' nan còig ball; na Naoi Deug Tairgsean; togail airm; adhbharan daoine a dhol gu taobh seach taobh; toiseach cogaidh.

	<p>Priomh bhatail (me Edgehill, Marston Moor, Naseby agus an t-Arm Modail Ùr, Drogheda, Dunbar).</p> <p>Deireadh a' chogaidh agus cùirt is murt an Rìgh.</p> <p>Pàirt Cromwell sa chogadh.</p>
--	------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

Pàirt 3: Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807

Sgrùdadh air nàdar malairt Bhreatannach thràillean a' chuain shiair aig deireadh an ochdamh linn deug, atharrachadh bheachdan mu dheidhinn ann am Breatainn agus na teannachaidhean a lean gu a chasg, a' sealltainn thèaman chòraichean, gabhail brath is cultar.

Prìomh chùisean	Tuairisgeul susbaint
A' Mhalairt Thriantanach	Eagrachadh is nàdar malairt nan tràillean: a bhuaidh air puirt Bhreatainn, me Libhearpul, Bristol; a bhuaidh air comainn shòisealta Afraga me Ashanti, agus air planntachasan ann an ceann an Iar nan Innseachan. 'Factaraidhean' thràillean air costa Afraga; eaconamaidhean is suidheachaidhean na 'Slighe Mheadhanach'.
Breatainn is an Caraibian	Cudromachd bharran tropaigeach leithid siùcar; buaidh nam Breatannach sa Charaibian agus buaidh malairt Charaibianach air eaconamaidh Bhreatainn (me bancaireachd, togail-shoithichean, aodaich fichte); droch bhuaidh malairt nan tràillean air leasachadh eileanan a' Charaibian.
Fèin-fhiosrachadh a' phrìosanaich agus strì nan tràillean	Suidheachaidhean beatha is obrach air na planntachasan; smachd; cruthan eile de shaothair thràillean air eileanan a' Charaibian; strì air na planntachasan; eagal ro ar-a-mach.
Iomairtean luchd-bacaidh	<p>Tùsan a' ghluasaid cur às agus a thaic àrdaichte taobh a-muigh is taobh a-staigh na Pàrlamaid. Pàirt Wilberforce. Argamaidean luchd-bacaidh: Crìosdaidh, daonnachdail, eaconamach.</p> <p>Dòighean-obrach an luchd-bacaidh: coinneamhan, fianais (me Clarkson; fèin chunntasan bho thràilleachdairean, sanasachd). Beachdan is fianais thràillean is bho feadhainn a bha nan tràillean (me Equiano). Strì an aghaidh na malairt le tràillean.</p> <p>Argamaidean airson malairt nan tràillean: luchd-planntachais, BP, bailtean mòra; buaidh Ar-a-mach na Frainge.</p>

	<p>An deasbad mu adhbharan airson soirbheachadh iomairt a' bhacaidh aig a' cheann thall; beachd a' phobaill, deasbad Phàrlamaideach, suidheachaidhean eaconamach.</p>
--	-----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

Pàirt 4: Breatainn ag atharrachadh, 1760–1914

Sgrùdadh air na h-adhbharan agus buaidh tionnsgalachd air beatha ann am Breatainn, a' cuimseachadh air na leasachaidhean sòisealta, eaconamach is poilitigeach a thug atharrachadh air beatha air feadh Bhreatainn aig deireadh an 18mh linn agus san 19mh linn.

Prìomh chùisean

Tuairisgeul susbaint

Slàinte is taigheadas

Adhbharan airson duilgheadasan dùmhlachd sluaigh, droch thaigheadas agus duilgheadasan meidigeach ri linn sin. Leasachaidhean ann an taigheadas is ann an suidheachaidh beatha a' gabhail a-steach cur às do na slumaichean. Leasachaidhean ann an slàinte a' gabhail a-steach adhartasan meidigeach, solarachd uisge fhìoban agus slàinte a' phobaill.

Gnìomhachas fhactaraidhean – aodaich agus mèinnean guail

Buaidh teicneòlais is reachdas air factaraidhean aodaich agus air mèinnean guail a' gabhail a-steach buaidh Achdan nam Factaraidhean agus Achd nam Mèinnean. Leasachaidhean ann an suidheachaidhean obrach.

Còmhdhail — canàlaichean is ròidean-iarainn

Togail -iarainn, leasachadh air lìonra rèile. Adhbharan airson crìonadh ann an cruthan còmhdhala eile leithid canàlaichean. Buaidh ròidean-iarainn air comainn shòisealta agus air an eaconamaidh.

Strì airson ath-leasachadh deamocratach suas gu 1884

An an-fhois radaigeach aig Peterloo. Cùmhnantachd. Adhbharan airson Achdan Ath-leasachaidh 1832, 1867 agus 1884 agus farsaingeachd an atharrachaidh dheamocratach a thàinig nan cois.

Pàirt 5: A' Dèanamh Breatainn Nuadh, 1880–1951

Sgrùdadh air dreuchd chaochlaideach àrd-riaghaltais ann a bhith a' dèiligeadh ri duilgheadas bochdainn, a' beachdachadh air cuspairean beachd-smuaintean is chòraichean agus leasachadh dhàimhean ùra eadar sluagh Bhreatainn agus an riaghaltas. 'S e sgrùdadh a th' ann an seo mu na cumhachdan a chruthaich Breatainn nuadh-aimsireil.

Prìomh chùisean

Tuairisgeul susbaint

Comann sòisealta roinnte: bochdainn, taigheadas; poilitics

An duilgheadas le bochdainn aig toiseach an linn: creideas ann am fèin-chuideachadh; an siostam saor-thoileach; sgrùdaidhean Booth agus Rowntree; beachdan ag atharrachadh mu bhochdainn agus na h-adhbharan air a son.

Ath-leasachaidhean Libearalach 1906–14

Na h-ath-leasachaidhean Libearalach 1906–14: buidhnean ann an cunnart – daoine òga, seann dhaoine, daoine tinn, daoine gun chosnadh; ath-leasachaidhean airson nam buidhnean sin a chuideachadh leithid 'Cairt na Cloinne', biadh sgoile, sgrùdaidhean meidigeach, peinnseanan seann aois, àrachas slàinte is dìth-cosnadh, ionadan obrach; measadh air soirbheachadh nan ath-leasachaidhean.

Buaidh shòisealta an Dara Cogaidh air Breatainn

Buaidhean fèin-fhiosrachaidhean cogaidh air beachdan mu bhochdainn, gu sònraichte buaidh nam bomaichean, cuibhreannadh is falamhachadh; Aithisg Bheveridge agus na 'Còig Famhairean'; adhartas le buileachadh Beveridge sa chogadh agus às a dhèidh.

Ath-leasachaidhean nan Làbarach: An Stàit Shochairan 1945–51

Riaghaltas nan Làbarach 1945–51; Àrachas Nàiseanta is Cuideachadh Nàiseanta; Seirbheis Slàinte Nàiseanta; ath-leasachadh foghlaim; ath-leasachadh taigheadais; beachd air Stàit Shochairan; Nàiseantachadh agus cosnadh; measadh air coileanadh an riaghaltais.

Bidh na tiotalan sin a' tarraing air eòlas agus tuigse bho na trì raointean de Sgrùdadh Eachdraidh a tha air an còmhach sa chùrsa: Albannach, Breatannach; agus Eòrpach agus an t-Saoghal, fa leth.

3: Sgrùdadh Eachdraidheil: Eòrpach is an t-Saoghail

Pàirt 1: A' Chrois agus an Corran, Cogaidhean na Croise 1071–1192

Sgrùdadh air feartan de chogadh cràbhach sna Meadhan-Aoisean mar a chithear ann an tachartasan a' chiad Chogaidh Croise; 's iad na cuspairean creideimh, còmhstri agus buaidh.

Prìomh chùisean

Tuairisgeul susbaint

Ridirean, caistealan is cogadh

Dreuchd ridirean sa chomann shòisealta a' gabhail a-steach buill den t-siostam fhiùdalach. Armachd is uidheam ridire. Cudromachd chaistealan anns na meadhan-aoisean a' gabhail a-steach an talla mòr air a chleachdadh mar chùirt. Atharrachaidhean ann an caistealan. Armachd is cleasan batail a' gabhail a-steach cogadh sèiste.

A' Chiad Chogadh Croise

Adhbharan airson gairm a' Chiad Chogaidh Croise; adhbharan an luchd-tuatha is nan ridirean airson a' chrois a gabhail, a' gabhail a-steach eaconamach. Peadar an t-Aonaran agus fàilligeadh Cogadh Croise an t-Sluaigh; an dàimh eadar na ridirean is an lompair Alexius a' gabhail a-steach tachartasan Chonstantinople. Glacadh nam prìomh bhailtean a' gabhail a-steach Nicaea, Edessa, Antioch. Canabaileachd aig Ma'arra. Adhbharan airson soirbheachadh a' Chiad Chogaidh Croise a' gabhail a-steach dìth-aonachd nam Muslamach agus Crusading Ideal. Taic bho bailtean na h-Edailt leithid Venice.

Tuiteam Iarusalaim, 1187

Duilgheadasan fad-ùine an dèidh a' Chiad Chogaidh Croise a' gabhail a-steach gainnead luchd-tuatha is shaighdearan. Fuasglaidhean do na duilgheadasan sin a' gabhail a-steach toirt a-steach Ridirean Teampallach. Aonadh Saladin air na Muslamaich. Roinnean am measg Saighdearan na Croise, Hawks agus Doves. Bàs Rìgh Baldwin IV, Fuath dha Rìgh Guy. Blàr Hattin, tachartasan aig Iarusalaim. Soirbheachadh Saighdearan na Croise le sàbhaladh bhailtean, a' gabhail a-steach Tyre.

An Treas Cogadh Croise gu 1192

Pearsachaidhean Riseard I agus Saladin. Soirbheachadh armailteach Riseirt a' gabhail a-steach sèist Acre. Dàimh dhoirbh Riseirt le Philip Augustus agus na Frangaich. Neartan dioplòmasach Saladin, barganachaidhean le Saighdearan na Croise.

Pàirt 2: ‘Tì agus Saorsa’: Ar-a-mach Ameireagaidh, 1774–83

Sgrùdadh air smachd Bhreatainn air col Ceann a Tuath Ameireagaidh, na dùbhlain agus adhbharan airson a thuiteam aig a’ cheann thall, a’ foillseachadh chuspairean ùghdarras, chòraichean is ar-a-mach.

Prìomh chùisean

Tuairisgeul susbaint

Teannachadh fàsail eadar Breatainn is coloinidhean Ameireagaidh gu 1774

Ùghdarras an Rìgh is na Pàrlamaid sna colainidhean; teannachaidhean air an cruthachadh le tuiteam na Frainge ann an 1763; dòighean ùra air ionmhas a thogail: Achd an Stampa, Achd an Fhoirgheall, Dleastanasan Townshend, dleastanasan na teatha. Strì nan colainidhean: argamaidean is eagrachadh. Aghaidheachd: aontaidhean neo-in-mhalairteach, Casgradh Bhoston; tachartas Ghaspee; Pàrtaidh Teatha Bhoston.

Glusad luchd-colainidh a dh’ionnsaigh neo-eisimeileachd, 1774–1776

Cogadh a’ briseadh a-mach; a’ chòmhstri a’ meudachadh; Lexington, Concord, Bunker Hill, Ticonderoga. Dìlsich choloinidheach leithid Flòraidh NicDhòmhnaill agus Breatannaich le dàimh ri Ameireaga me, Burke agus Tom Paine.

An cogadh a’ leudachadh

Leudachadh a’ chogaidh; nàdar na sabaid; fèin-fhiosrachadh shaighdearan anns an dà arm.

Buaidh dha Ameireaga

Mar a thàinig na colainidhean nas fhaighe air a chèile, gu h-armailteach is gu poilitigeach. George Washington; Còmhdailean Mòr-roinneach; Glaodhach Neo-eisimeileachd.

Tionndaidhean sa chogadh: Saratoga, eadraiginn nam Frangach, Yorktown. Adhbharan airson Canada fuireach Breatannach. Adhbharan airson buaidh Ameireagaidh is call Bhreatainn.

Pàirt 3: SAA 1850–80

Sgrùdadh air na h-adhbharan a thug air tuinichean Ameireaganach gluasad gun iar agus buaidh an leudachaidh sin gun iar air tùsanaich Ameireagaidh, an Cogadh Catharra agus oidhirpean air ath-thogail ann an Ameireaga.

Prìomh chùisean	Tuairisgeul susbaint
Adhbharan airson leudachadh gun iar	Manifest Destiny; adhbharan airson leudachadh gun iar; (me fearann saora, a' lorg òr, ròidean iarainn, saorsa creideimh, poileasaidhean feadarail).
Tràillealachd agus an Cogadh Catharra	Duilgheadasan nan tuinichean a' siubhal gun iar. Beatha luchd-tuathanais. Beachdan mu thràillealachd is beatha thràillean air planntachasan aig Deas, dàimhean eadar stàitean le tràillean is stàitean gun thràillean. Adhbharan airson a' Chogaidh Chatharra: taghadh Abraham Lincoln, duilgheadasan le còraichean stàitean, tràillealachd. Am Pàrtaidh Poblachdach a' nochdadh sna 1850an. Briseadh air falbh aig Deas agus an Cogadh Catharra a' tòiseachadh; an ionnsaigh air Fort Sumter agus an Cogadh Catharra a' briseadh a-mach.
Ath-thogail, freagairt sluagh Ameireaganach-Afraganach dhan chall 1865–78	Còraichean nan daoine dubha gan toirt a-steach. Biùro Freedmen; freagairt dha ath-thogail. Làimhseachadh air sluagh Ameireaganach-Afraganach mar a chithear anns na 'Còdan Dubha'.
Call agus deireadh Tùsanaich Aimeireaganach nan Raointean	Adhbharan airson còmhstri eadar luchd-tuineachaidh agus tùsanaich Ameireagaidh. Gluasad threubhan nan tùsanach gu àiteachan tèarmainn. Eisimpleirean den còmhstri (me Casgradh Sand Creek 1864, Blàr Little Bighorn 1876).

Pàirt 4: Hitler agus A' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–39

Sgrùdadh air oidhirpean gus deamocrasaidh a stèidheachadh ann an Gearmailt Weimar, adhbharan airson a tuiteam agus nàdar na Stàite Nadsach.

Prìomh chùisean	Tuairisgeul susbaint
Gearmailt Weimar, 1919–1933	Buaidh deireadh a' Chiad Chogaidh agus Stèidheachadh Sìthe air a' Ghearmailt; cur an aghaidh Còrdadh Versailles; cruthachadh is feartan Poblachd Weimar. Oidhirpean gus cur às do Phoblachd Weimar, mar a chithear ann an ar-a-mach Spartacist, 1919, agus Beer Hall Putsch, 1923; duilgheadasan eaconamach Poblachd Weimar, 1919–33.
Na Nadsaich a' tighinn gu ùghdarras	Mi-thoileachadh an aghaidh Poblachd Weimar, tarraing Hitler agus nan Nadsach, agus na Sòisealaich Nàiseanta a' tighinn gu ùghdarras ann an 1933–34; teine Reichstag 1933; daingneachadh ùghdarras nan Nadsach.
Smachd nan Nadsach sa Ghearmailt	Cruthachadh is feartan an Riaghaltais Shòisealta Nàiseanta; Sòisealtas Nàiseanta ann an ùghdarras: a' cur fo eagal; làimhseachadh nan lùdhach is mion-bhuidhnean eile; sòisealaich, comannaich agus na h-eaglaisean a' cur an aghaidh Sòisealtas Nàiseanta.
Poileasaidhean sòisealta is eaconamach nan Nadsach	Poileasaidhean eaconamach nan Nadsach; armailteachd; gluasadan òigridh is foghlaim; pàirt bhoireannaich; cruinneachaidhean Nuremberg.

Pàirt 5: A' Bhratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894–1921

Sgrùdadh mu thuiteam riaghlaidh ìmpireil anns an Ruis agus stèidheachadh riaghaltas Comannach, a' sealltainn cuspairean de bheachdan, chòmhstri is chumhachd.

Prìomh chùisean	Tuairisgeul susbaint
An Ruis ìmpireil - riaghaltas is sluagh	An Ruis ìmpireil 1894–1917: riaghaltas an Tsar; dreuchd Eaglais na Ruis; roinnean clas anns an Ruis; adhbharan airson àiteachas is gnìomhachas a bhith cho fada air ais; cùisean gearain sluagh na tuatha is obraichean gnìomhachais; Ruiseanachadh Mion-shluagh Nàiseanta.
Ar-a-mach 1905 — adhbharan is tachartasan	Dùbhlain gu ùghdarras an Tsar: dùbhlain bho bhuidhnean reabhlaideach; Ar-a-mach 1905; atharrachaidhean poilitigeach bho 1905 — ath-leasachaidhean Dumas agus Stolypin.
Ar-a-mach a' Ghearrain — adhbharan, tachartasan, buaidh	An Ruis is a' Chiad Chogadh: buaidh call armailteach is cruadal eaconamach; Rasputin agus neo-thlachdmhorachd fhàsail na rèim; Ar-a-mach a' Ghearrain ann an 1917; adhbharan airson fàilligeadh an Riaghaltais Shealaich fo stiùireadh Kerensky.
Ar-a-mach an Dàmhair— adhbharan, tachartasan, buaidh	Bolshevik a' glacadh ùghdarras: Lenin a' tilleadh agus Tràchdasan a' Ghiblein; adhbharan airson soirbheachadh Ar-a-mach an Dàmhair; Cogadh Catharra 1917–21; mìneachadh airson buaidh Bolshevik.

Pàirt 6: Mussolini agus an Eadailt Fhaisisteach, 1919–1939

Sgrùdadh mu èirigh Mhussolini agus nàdar ùghdarras faisisteach anns an Eadailt; a phoileasaidhean sòisealta is eaconamach; dreuchd Il Duce agus poileasaidh cèin.

Prìomh chùisean	Tuairisgeul susbaint
Mussolini a' glacadh ùghdarras, gu 1925	Laigsean riaghaltasan Eadailteach; tàmailt an aghaidh Stèidheachadh na Sìthe; tarraing nam Faisisteach; duilgheadasan eaconamach; roinnean sòisealta is eaconamach; laigsean is mearachdan dùbhланаich.
Poileasaidhean sòisealta is eaconamach Mhussolini	Smachdan sòiseala; propaganda; cult Il Duce; dreuchd an rìgh; poileasaidhean òigridh; buannaichean is creanaichean ann an eaconamaidh nam Faisisteach.
Poileasaidh cèin	Amasan poileasaidh cèin nam Faisisteach; dàimhean leis a' Phàpachd; an sàs ann an Cogadh Catharra na Spàinn; Abyssinia; dàimhean le Lìg nan Nàisean; dàimhean leis an RA, leis an Fhraing is a' Ghearmailt.
A' cur an aghaidh Mhussolini	Stèidheachadh stàit nam Faisisteach; a' ceannsachadh nan dùbhlanach; eagal is maoidheadh.

Pàirt 7: Saor mu dheireadh? Còraichean Catharra sna SA, 1918-1968

Sgrùdadh air leasachadh dàimh cinnidh ann an SAA anns na bliadhnaichean 1918–68, a' sealltainn nan cuspairean, beachdan, ionannachd is cumhachd.

Prìomh chùisean	Tuairisgeul susbaint
Poileasaidh “Doras Fosgailte’ agus imrich gu 1928	Adhbharan airson meall imrichean gu SAA. Fèin-fhiosrachadh an in-imrich – ruighinn, a' fuireach is suidheachaidhean obrach. Beachdan mu in-imrichean ag atharrachadh.
‘Air leth ach co-ionann’, gu 1945	Poileasaidh an Riaghaltais agus dùnadh an ‘Dorais Fhosgailte’.
	Laghan ‘Jim Crow’; Oillt Gheal; crochadh; beachdan is gnìomhan Ku Klux Klan; imrich Ameireaganaich dhubha gu Tuath. Fèin-fhiosrachadh Ameireaganaich dhubha anns An Dàrna Cogadh Mòr
Iomairtean chòraichean catharra, gu 1968	Iomairtean airson còraichean catharra an dèidh 1945 agus an cudromachd: Brown v Topeka; Seachnadh Bus Montgomery; Little Rock; Suidhean; Marchachdan Saorsa; Caismeachdan ann am Birmingham, Washington agus Selma. Dreuchd Martin Luther King. Freagairt na stàite is ùghdarrasan feadarail dha na h-iomairtean sin. Adhbharan airson fàs Gluasad nan Còraichean Catharra agus measadh air buaidh nan iomairtean air comann shòisealta nan SA.
Geathan agus radaigeachd dhaoine dubha Ameireagaidh	Duilgheadasan dhaoine dubha Ameireagaidh anns na geathan aig Tuath. Aimhreitèan nan geathan anns na 1960an. Creideamhan is gnìomhan ghluasadan casaideach radaigeach nan daoine dubha agus adhbharan airson na taic fhàsail a tha iad a' faighinn: Stokely Carmichael agus ‘Cumhachd Dhubh’; Malcolm X agus Dùthaich Ioslaim; Na Pantaran Dubha. Measadh air buaidh casaid radaigeach dhaoine dubha Ameireagaidh air comann shòisealta nan SA.

Pàirt 8: Sìtheachadh agus an t-Slighe gu Cogadh, 1918–1939

Sgrùdadh air poileasaidh cèin nan Nadsach 1933–39 agus an t-slighe gu briseadh cogaidh, a' sealltainn nan cuspairean, smaoineasachd, ionnsaigh, rèiteachadh is cumhachd.

Prìomh chùisean	Tuairisgeul susbaint
Còrdaidhean Sìthe Paris agus Lìg nan Nàisean, gu 1933	Còrdadh Versailles agus a bhuidh air a' Ghearmailt. Cruthachadh, amasan is eagrachadh Lìg nan Nàisean. Laigsean na Lìg. Soirbheachadh is fàilligidhean na Lìg le coileanadh amasan.
Poileasaidh cèin nan Nadsach, 1933–38	Amasan poileasaidh cèin nan Nadsach. Poileasaidh cèin nan Nadsach ann an gnìomh: Ath-armailteachadh; ath-ghabhail thairis dùthaich an Rhine. Freagairtean Bhreatainn is na Frainge gu gnìomhan na Gearmailt agus na h-adhbharan air an son; Anschluss; an càs ann am Poblachd nan Seic agus aontachadh.
Rèiteachadh Bhreatainn is na Frainge, gu 1938	Freagairtean Bhreatainn is na Frainge gu gnìomhan na Gearmailt agus adhbharan air an son. Adhbharan airson gun ghabh Chamberlain ri poileasaidh an rèiteachaidh agus mar a bhathas a' faireachdainn mu dheidhinn ann am Breatainn. Measadh air èifeachdas an rèiteachaidh.
Na slighean mu dheireadh gu cogadh	Na Gearmailtich a' gabhail thairis Poblachd nan Seic. Barantas na Pòlainn. Cùmhnant Stàilinn; Cùmhnant Nadsach-Sòbhiat. Càs na Pòlainn agus cogadh ga ghairm. Adhbharan airson an rèiteachaidh a leigeil seachad agus an co-dhùnadh cur an aghaidh tuilleadh ionnsaigh.

Pàirt 9: An Dàrna Cogadh Mòr, 1939–45

Sgrùdadh air mar a chaidh aig a' Ghearmailt air fhearann a leudachadh anns an Roinn Eòrpa agus buaidh gabhail thairis na Gearmailt air beatha dhaoine san Roinn Eòrpa shealbhaichte. Beachdaichidh e cuideachd air Dùthaich a' Chuain Shèimh agus air obair Ameireagaidh sa chogadh tro bhuidh nan Caidreabhachd san Roinn Eòrpa agus ann an Iapan.

Prìomh chùisean

Tuairisgeul susbaint

Leudachadh fearann na Gearmailt 1939–43

Cùmhnant Nadsach-Sòbhiat, 1939. Briseadh a-steach dhan Phòlainn. Ro-innleachd Blitzkrieg; ionnsaighean air Nirribhidh is an Danmhairg; ionnsaighean air a' Bheilg, an Òlaind is an Fhraing. Dunkirk. Gnìomhachd Sealion agus Blàr Bhreatainn. Gnìomhachd Barbarossa agus an ionnsaigh air an Ruis suas gu Stalingrad; am batal airson Moscow; sèist Leningrad.

Cogadh le Iapan, 1941–45

Pearl Harbour. Blàr Singapore. Ionnsaighean Ameireaganach air Iapan: Ruaig Doolittle, Blàr na Mara Corail, Blàr Midway. Fèin-fhiosrachadh prìosanaich cogaidh nan Iapanach.

Beatha san Roinn Eòrpa sealbhaichte

Nàdar smachd nan Nadsach; beatha shaoranaich àbhaisteach; saothair co-èignichte; làimhseachadh nan Iùdhach agus mion-threubhan eile; campaichean co-chruinneachaidh; campaichean bàis. Strì ann an àiteachan a tha fo shealbh; co-obrachadh ann an àiteachan fo shealbh.

Buaidhean chaidreachasan san Roinn Eòrpa agus ann an Iapan, 1944–45

A' tighinn air tìr ann an Normandy. Gnìomhachd Market Garden. Ionnsaigheachd Sòbhiatach agus an ionnsaigh air Berlin. Iwo Jima; Hiroshima; Nagasaki agus gèilleadh Iapan.

Pàirt 10: An Cogadh Fuar 1945–89

Sgrùdadh air na dàimhean eadar an Ear is an Iar, a' sgrùdadh adhbharan teannachaidh agus oidhirpean gus fuasgladh fhaighean dha roinnean còmhstri, a' cuimseachadh air cuspairean bheachdan, aghaidheachd is cumhachd.

Prìomh chùisean

Tuairisgeul susbaint

Adhbharan airson a' Chogaidh Fhuair, suas gu 1955

NATO agus Cùmhnant Warsaw: creideamhan poilitigeach, farpais armailteach agus amharas air gach taobh; buaidh leasachadh armachd niùclasach air dàimhean. Cogadh Choiria.

Càsan — An Ungair, Berlin, agus Ciùba

Roinnean de cho-fharpais bharraichte ann an cumhachd 1950s–70:

Ar-a-mach an Ungair, 1956: adhbharan airson an ar-a-mach; freagairt Sòbhiatach; cudromachd nas fharsainghe.

Berlin: adhbharan airson cudromachd, togail balla Bherlin, buaidh air dàimhean eadar-nàiseanta.

Ciùba: Buaidh Chastro ann an Ciùba. Adhbharan airson leasachadh ann an Càs Chiùba: Monroe Doctrine agus poileasaidh cèin nan SA, teannachaidhean dachaigheil air Kennedy, teannachaidhean dachaigheil air Khrushchev. Tachartasan a' chàis, buaidh air dàimhean eadar-nàiseanta.

Cogadh Bhiatnaim

Bhiatnam: adhbharan airson na Stàitean Aonaichte a bhith an sàs ann agus airson fàilligeadh air buaidh fhaighinn air an Vietcong; beachdan mun chogadh ag atharrachadh sna Stàitean Aonaichte; buaidh air dàimhean eadar-nàiseanta.

Dàimhean eadar na h-ùghdarrasan mòra ag atharrachadh, 1968–89

Oidhirpean air lasachadh ann an strì: adhbharan airson nan seasamhan atharraichte eadar SAA agus USSR – cunnart Milleadh Co-dhearbhte; cosgais eaconamach rèis armailteach; miann Ameireagaidh faighinn a-mach à Iapan.

	SALT agus co-chòrdaidhean eile, Glasnost agus Perestroika.
--	------------------------------------------------------------

Eileamaid 2: obair-shònraichte

Tha roghainn fhosgailte aig tagraichean air ceist no cùis eachdraidheil. Chan eil an roghainn co-èignichte le susbaint pàipear nan ceistean.

Tha na sgilean, an t-eòlas is an tuigse a th' anns a' chùrsa seo freagarrach airson ìre SCQF a' chùrsa. Tha taisbeanairan ìre SCQF a' toirt fiosrachadh a bharrachd seachad mu fheartan is mun choileanadh a thathas a' sùileachadh aig gach ìre SCQF I (www.scqf.org.uk).

Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach

Tha an cùrsa seo a' cuideachadh thagraichean a' leasachadh sgilean farsaing, coitcheann. Tha na sgilean sin stèidhichte air [SQA's Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work](#) agus a' tarraing bho na prìomh roinnean sgilean a leanas:

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

4 Fastaidheachd, iomairt is saoranachd

- 4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoinichaidh

- 5.3 A' cleachdadh
- 5.4 A' mion-sgrùdadh is a' luachadh.

Bu chòir na sgilean sin obrachadh a-steach dhan chùrsa far a bheil cothroman freagarrach ann agus bu chòir an ìre a bhith freagarrach dha ìre a' chùrsa.

Tha fiosrachadh a bharrachd airson sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach a thogail ann an notaichean taic a' chùrsa.

Measadh a' chùrsa

Tha measadh a' chùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh a th' anns an sgrìobhainn seo.

Tha measadh a' chùrsa a rèir prìomh rùintean is amasan a' chùrsa le bhith a' dèiligeadh ri:

- ◆ farsaingeachd — a' tarraing bho eòlas is sgilean bhon chùrsa
- ◆ dùbhlán — a' cur feum air farsaingeachd no leudachadh nas motha ann an eòlas agus/no sgilean
- ◆ cleachdadh — a' cur feum air cleachdadh ann an eòlas agus/no sgilean ann an co-theacsaichean practaigeach no teòiridheach mar a tha iomchaidh

Tha seo a' toirt cothrom dha na tagraichean air:

- ◆ tarraing is leudachadh nan sgilean, eòlas is tuigse a tha iad air a thogail tron chùrsa, measaichte le pàipear cheist agus obair shònraichte
- ◆ foillseachadh farsaingeachd sgilean, eòlais is tuigse agus sgilean bhon chùrsa a chleachdadh ann am pàipear nan ceistean
- ◆ foillseachadh dùbhlán is cleachdadh co-cheangailte ri tachartas no cuspair freagarrach eachdraidheil anns an obair shònraichte

Tron chùrsa tha co-ionannachd fharsaing ann eadar measadh sgilean is measadh eòlais is tuigse.

Structar measaidh a' chùrsa: pàipear nan ceistean

Pàipear nan ceistean

80 comharra

Tha pàipear nan ceistean a' toirt cothrom dha tagraichean foillseachadh a dhèanamh air na sgilean is farsaingeachd eòlais is tuigse a leanas bhon chùrsa:

- ◆ a' leasachadh is a' cleachdadh eòlas is tuigse agus sgilean ann an co-theacsaichean bho eachdraidh na h-Alba, Bhreatainn, na Roinn Eòrpa agus an t-Saoghail
- ◆ a' luachdadh tùs, adhbhar, susbaint is co-theacsa raon farsaing de stòran eachdraidheil
- ◆ a' mìneachadh buaidh leasachaidhean eachdraidheil agus a' mion-sgrùdadh nam feartan a tha a' cur ri leasachaidhean eachdraidheil; a' tighinn gu co-dhùnadh reusanta
- ◆ a' foillseachadh eòlas mionaideach fìor agus tuigse air cuspairean is tachartasan eachdraidheil ann an co-theacsaichean Albannach, Breatannach, Eòrpach is Saoghail

Tha trì earrannan ann am pàipear nan ceistean:

- ◆ Earrann 1: Sgrùdadh Eachdraidheil: Alba
- ◆ Earrann 2: Sgrùdadh Eachdraidheil: Breatann
- ◆ Earrann 3: Sgrùdadh Eachdraidheil: An Roinn Eòrpa agus an Saoghal

Anns gach earrainn tha ceistean freagairt-cuingealaichte/freagairt leudaichte far am feum tagraichean tarraing bho eòlas is tuigse agus na sgilean a thog iad sa chùrsa a chleachdadh.

Faodar iarraidh air tagraichean cunntas a thoirt air tachartas no leasachadh, mìneachadh a dhèanamh air tachartas no leasachadh, mion-sgrùdadh a dhèanamh air cùis eachdraidheil, stòr a shuidheachadh na co-theacsa eachdraidheil, coimeas a dhèanamh eadar dà stòr agus luachadh a dhèanamh air feumalachd stòir.

Tha luach 80 comharra a-mach à 100 comharra gu h-iomlan ann am pàipear nan ceistean airson measadh a' chùrsa. Mar sin tha fiach 80% de na comharran iomlan airson measadh ann am pàipear nan ceistean.

A' seatadh, a' cuairteachadh is a' comharrachadh pàipear nan ceistean

Tha SQA a' seatadh is a' comharrachadh pàipear nan ceistean agus tha e air a chuirteachadh ann an ionadan a rèir suidheachaidhean SQA airson deuchainnean air an taobh a-muigh. Bidh tagraichean a' cur crìoch air seo ann an 2 uair a thìde agus 20 mionaid.

Tha sampail de phàipearan cheist airson Nàiseanta 5 foillsichte air làrach-lìn SQA. Tha iad sin a' sealltainn ìre, structar is riatanasan nam pàipearan ceist a bhios tagraichean a' suidhe. Tha stiùireadh airson comharrachadh anns na pàipearan sampail cuideachd.

Structar measaidh a' chùrsa: obair shònraichte

Obair shònraichte

20 comharra

Tha an obair shònraichte a' toirt cothrom dha tagraichean na sgilean, an t-eòlas is an tuigse a leanas fhoillseachadh taobh a-staigh co-theacsa ceist no cùis eachdraidheil:

- ◆ a' taghadh le glè bheag taic, ceist no cùis fhreagarrach eachdraidheil
- ◆ a' cruinneachadh fianais bhuntainneach bho co-dhiù dà stòr fiosrachaidh
- ◆ ag eagrachadh is a' cleachdadh an fhiosrachaidh a chaidh a chruinneachadh airson dèiligeadh ris a' cheist no a' chùis eachdraidheil
- ◆ a' tarraing bho eòlas is tuigse airson mìneachadh is mion-sgrùdadh a dhèanamh air adhbharan agus/no buaidh na ceist no cùis eachdraidheil
- ◆ a' toirt iomradh air dà stòr bhuntainneach eachdraidheil co-dhiù
- ◆ a' comharrachadh dìofar sheallaidhean agus/no bheachdan
- ◆ ag eagrachadh fiosrachadh is a' taisbeanadh co-dhùnadh reusanta le taic bho fhianais

Tha 20 comharra a-mach à 100 comharra iomlan anns an obair shònraichte airson measadh cùrsa. Mar sin tha fiach 20% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa san obair shònraichte.

A' seatadh, a' cuairteachadh is a' comharrachadh na h-obrach shònraichte

Tha an obair shònraichte seo air a seatadh le ionadan a rèir stiùireadh SQA. Tha SQA a' tabhann òrdugh gus fianais airson measadh a ghintinn. Tha roghainn fhosgailte aig tagraichean de cheist no chùis airson rannsachadh. Bidh fianais air a chur gu SQA airson comharrachadh air an taobh a-muigh. Tha an comharrachadh air fad dearbhte a thaobh càileachd le SQA.

Suidheachaidhean measaidh

Tha dà ìre anns an obair shònraichte:

- ◆ rannsachadh
- ◆ foillseachadh fianais

Ùine

Aig ìre an rannsachaidh, bidh tagraichean a' taghadh ceist a bheir cothrom dhaibh cùis eachdraidheil a mhion-sgrùdadh is a luachadh. Bidh iad a' rannsachadh na cùise, agus ag eagrachadh an toraidhean gus dèiligeadh rithe, a' cleachdadh Duilleag Stòrais Eachdraidh airson am fianais is an aithrisean a chur ri chèile. Thathas air ìre an rannsachaidh a dhealbhadh gus a bhith comasach air crìochnachadh ann an ùine bharaileach de 8 uairean a thìde.

Bu chòir dha tagraichean ìre an rannsachaidh a ghabhail os làimh aig àm freagarrach sam bith anns a' chùrsa. Bidh seo mar as trice nuair a tha iad air na sgilean, an t-eòlas is an tuigse a tha riatanach a choileanadh.

Feumaidh foillseachadh na fianais a chrìochnachadh taobh a-staigh uair a thìde agus ann an aon suidhe. Bu chòir dha tagraichean ìre foillseachadh na fianais a ghabhail os làimh ann an ùine gu leòr airson coinneachadh ris an deit a shuidhich SQA airson a chur a-steach.

Faire, smachd is dearbhachd

Tha ìre an rannsachaidh air a chuirteachadh le faire is smachd. Tha seo a' ciallachadh ged a dh'fhaodas tagraichean pàirt den obair a dhèanamh taobh a-muigh suidheachadh an ionnsachaidh is an teagaisg gum feum measadairean dòighean a chur air chois airson sùil a chumail air adhartas agus dèanamh cinnteach gur e obair an tagraiche fhèin a th' ann is nach deach mèirle-sgrìobhaidh a dhèanamh. Mar eisimpleir:

- ◆ coinneamhan adhartais eadar-amail le tagraichean
- ◆ ceasnachadh
- ◆ clàradh an tagraiche mu ghnìomh/adhartas
- ◆ faire a' mheasadair

Thathas a' gabhail ri obair-buidhne mar phàirt de dh'ìre an rannsachaidh. Ach feumaidh fianais shoilleir a bhith ann gun choinnich gach tagraiche ri riatanasan na fianais.

Tha ìre foillseachadh na fianais ga cuairteachadh le ìre àrd de fhaire is smachd. Tha seo a' ciallachadh:

- ◆ gum feum tagraichean a bhith ann an làthair a' mheasadair (no neach cunntachail eile) fhad 's a bhios am measadh a' gabhail àite
- ◆ nach fhaod tagraichean a bhith a' conaltradh ri chèile
- ◆ nach fhaod cothrom a bhith aig tagraichean ach air Duilleag Stòrais Eachdraidh a-mhàin

Stòras

Aig ìre an rannsachaidh, chan eil cuingealachadh sam bith air na goireasan air am faod tagraichean cothrom fhaighinn.

Aig an fhoillseachadh dheireannach den fhianais chan fhaod cothrom a bhith aig tagraichean ach a-mhàin air Duilleag Ghoireasan Eachdraidh. Tha Duilleag Ghoireasan Eachdraidh airson tagraichean a chuideachadh le bhith a' cleachdadh na fianais is nan iomraidhean a chruinnich iad aig ìre an rannsachaidh airson dèiligeadh ris a' cheist no a' chùis a thagh iad. Cha bhithear a' measadh na Duilleig Ghoireasan. Ach feumar a cur a-steach còmhla ri obair shònraichte an tagraiche.

Cuideachadh reusanta

Bu chòir dha measadairean cuideachadh reusanta a thoirt seachad mun t-seòrsa ceist a bheir cothrom dha tagraichean coinneachadh ri na riatanasan air fad a th' anns an obair-shònraichte. Faodaidh iad cuideachd stiùireadh a thoirt dha tagraichean mu fhaotainneachd is ruigsinneachd ghoireasan airson an cuspair taghte.

Bu chòir dha tagraichean an rannsachadh a dhèanamh le glè bheag taic bhon mheasadair.

Bu chòir dha measadairean an dleastanas proifeiseanta a chur an gnìomh airson dèanamh cinnteach gur e obair an tagraiche fhèin a th' anns an fhianais a chaidh a chur a-steach.

Feumaidh tagraichean foillseachadh na fianais a ghabhail os làimh gu neo-eisimeileach. Ach faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad mus tèid an fhianais fhoillseachadh. Tha an abairt 'cuideachadh reusanta' ga cleachdadh airson feuchainn ri feum air taic a chothromachadh ri a bhith a' toirt cus cuideachaidh seachad. Ma bhios tagraiche a' cur feum air barrachd air 'cuideachadh reusanta' dh'fhaodadh nach eil e deiseil airson measadh no 's dòcha gun deach a chur a-steach airson na h-ìre cheàrr de theisteanas.

Faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad air bunait choitcheann dha clas no buidheann thagraichean, me comhairle air plana pròiseict a leasachadh. Faodar a thoirt dha tagraichean cuideachd air bunait fa leth. Nuair a thathas a' toirt cuideachadh reusanta seachad dha tagraichean fa leth ann an co-theacsa de rudeigin a tha an tagraiche air a dhèanamh no fhoillseachadh roimhe tha cunnart ann gum bi e na thaic airson measadh agus feumaidh measadairean a bhith mothachail gum faodadh seo a bhith a' dol thairis air cuideachadh reusanta.

Aig ìre an rannsachaidh faodaidh cuideachadh reusanta a bhith a' gabhail a-steach:

- ◆ treòrachadh thagraichean gu na stiùridhean airson tagraichean
- ◆ soilleireachadh stiùireadh/riatanasan na h-obrach
- ◆ comhairleachadh thagraichean mu roghainn ceist/cuspair/cùis
- ◆ comhairleachadh thagraichean mu stòran fiosrachaidh
- ◆ cur tursan air chois airson fianais a thional
- ◆ sgrùdadh eadar-amail air adhartas

Ann an ullachadh airson ìre foillseachaidh na fianais faodaidh cuideachadh reusanta gabhail a-steach a bhith a' comhairleachadh thagraichean mu nàdar is tomad ghoireasan comharraichte a dh'fhaodar a chleachdadh gus taic a chur ri foillseachadh fianais.

Aig ìre sam bith chan eil cuideachadh reusanta a' gabhail a-steach a bhith:

- ◆ a' toirt seachad ceist, cuspair no cùis
- ◆ a' stiùireadh thagraichean gu goireasan sònraichte a dh'fhaodar a chleachdadh

- ◆ a' toirt sampail de fhreagairtean seachad no frèaman-sgrìobhaidh sònraichte don obair a tha ga dhèanamh (leithid tuairisgeul, cinn paragraif no cinn earrainn)
- ◆ a' toirt fiosan mionaideach air ais, a' gabhail a-steach comharrachadh

Fianais ri thional

Tha an fhianais a leanas bho thagraichean riatanach airson a' mheasaidh seo:

- ◆ Duilleag Ghoireasan Eachdraidh: duilleag shingilte A4 is gun bharrachd air 200 facal oirre
- ◆ Fianais air obair shònraichte tagraiche a chaidh a dhèanamh fo fhaire àrd

Mura cuir tagraiche Duilleag Ghoireasan a-steach thèid peanas 4 comharran a-mach à 20 a chur orra.

Tomad

Chan eil àireamh fhaclan ann airson obair shònraichte; ach chan fhaod barrachd air 200 facal a bhith air an Duilleig Ghoireasan.

Rangachadh

Tha bann iomlan tagraiche a rèir an coileanadh tro mheasadh a' chùrsa. Tha measadh a' chùrsa air a rangachadh bho A–D air bunait a' chomharra iomlan airson eileamaidean measaidh a' chùrsa air fad.

Tuairisgeul airson Bann C

Airson bann C, bidh tagraichean air coileanadh soirbheachail fhoillseachadh airson sgilean, eòlas is tuigse a' chùrsa.

Tuairisgeul airson Bann A

Airson bann A, bidh tagraichean air àrd-ìre chunbhalach de choileanadh fhoillseachadh airson sgilean, eòlas is tuigse a' chùrsa.

Co-ionannachd is in-ghabhaltas

Tha an cùrsa seo air a dhealbhadh airson a bhith cho cothromach is cho ruigsinneach 's a ghabhas gun bhacaidhean neo-riatanach sam bith air ionnsachadh is measadh.

Airson stiùireadh air rèiteachaidhean measaidh dha tagraichean ciorramach agus/no dhan fheadhainn le feumalachdan taic a bharrachd, lean na ceanglaichean gu duilleag lìn rèiteachaidhean measaidh: www.sqa.org.uk/assessmentarrangements

Fiosrachadh a bharrachd

Bheir na sgrìobhainnean fiosrachaidh a leanas fiosrachadh is bun-fhiosrachadh feumail seachad.

- ◆ [National 5 History subject page](#)
- ◆ [Assessment Arrangements web page](#)
- ◆ [Building the Curriculum 3–5](#)
- ◆ [Design Principles for National Courses](#)
- ◆ [Guide to Assessment](#)
- ◆ [SCQF Framework and SCQF level descriptors](#)
- ◆ [SCQF Handbook](#)
- ◆ [SQA Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work](#)
- ◆ [Coursework Authenticity: A Guide for Teachers and Lecturers](#)
- ◆ [Educational Research Reports](#)
- ◆ [SQA Guidelines on e-assessment for Schools](#)
- ◆ [SQA e-assessment web page](#)

Pàipear-taic 1: notaichean taic a' chùrsa

Ro-ràdh

Chan eil na notaichean taic sin riatanach. Tha iad a' tabhann comhairle is stiùireadh dha tidsearan is òraidichean air dòighean airson an cùrsa a lìbhrigeadh. Bu chòir an leughadh còmhla ri sònrachadh a' chùrsa seo agus ri pàipear sampail nan ceistean agus/no ris an obair cùrsa.

A' leasachadh sgilean, eòlas is tuigse

Tha an earrann seo a' toirt seachad comhairle is stiùireadh a bharrachd mu na sgilean, an eòlas is an tuigse a dh'fhaodadh a bhith sa chùrsa. Bu chòir dha tidsearan is òraidichean sealltainn ris an t-sònrachadh cùrsa seo airson sgilean, eòlas is tuigse is measadh a' chùrsa. Tha sùbailteachd gu leòr aig luchd-dealbhachaidh a' chùrsa airson co-theacsaichean òrdail a bheir brosnachadh is dùbhlàn dha an tagraichean a thaghadh is a tha a' tabhann, an dà chuid, farsaingeachd is doimhneachd.

Dòighean ionnsachaidh, teagaisg is measaidh

'S e a th' ann an cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 5 ach sgrùdadh air tachartasan/cuspairean eachdraidheil ann an co-theacsaichean Albannach, Breatannach, Eòrpach is Saoghail. Tha cothroman ann tron chùrsa ionnsachadh a dhaingneachadh is a neartachadh le bhith a' dèanamh cheanglaichean eadar feartan eòlais is tuigse a rèir nan cuspairean is cùisean a thathas a' sgrùdadh.

Chan eil òrdugh teagaisg sam bith air a mholadh airson a' chùrsa seo. Ach bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean sgrùdadh a dhèanamh air raon chuspairean mus tagh iad ceist eachdraidheil airson na h-obrach shònraichte aca. Bu chòir leasachadh sgilean a bhith na phàirt de dh'ionnsachadh is theagasg bhon fhìor thoiseach airson cuideachadh a thoirt dha tagraichean na sgilean aca a thogail mean air mhean tron chùrsa.

Bidh tagraichean ag ionnsachadh nas fheàrr nuair a tha iad:

- ◆ a' tuigsinn gu soilleir na tha iad a' feuchainn ri ionnsachadh is na thathar a' sùileachadh bhupa
- ◆ air fios air ais fhaighinn mu chàileachd an cuid obrach agus mu na dh'fhaodas iad a dhèanamh gus a dhèanamh nas fheàrr
- ◆ air comhairle fhaighinn airson leasachaidhean a dhèanamh agus nuair a tha iad an sàs gu h-iomlan ann an co-dhùnadh mun ath nì a dh'fheumar a dhèanamh
- ◆ air faighinn a-mach cò a dh'fhaodas an cuideachadh ma bhios feum air sin

Bu chòir dha tidsearan is òraidichean:

- ◆ ionnsachadh neo-eisimeileach a bhrosnachadh is a chuideachadh
- ◆ tagraichean a chuideachadh airson tuigse fhaighinn air riathanasan a' chùrsa le bhith a' roinn shlatan-tomhais ionnsachaidh/measaidh
- ◆ fios air ais èifeachdach a libhrigeadh
- ◆ tagraichean a bhrosnachadh airson an amasan ionnsachaidh fhèin a shuidheachadh
- ◆ tagraichean a bhrosnachadh airson measadh a dhèanamh air na th' aca de dh'eòlas
- ◆ fèin-luachadh is luachadh chomhaoisean a bhrosnachadh
- ◆ ceasnachadh èifeachdach a dhèanamh le bhith a' cleachdadh ceasnachadh de riaghailt nas àirde nuair a tha sin iomchaidh

Cuidichidh cleachdadh air measadh airson adhbharan cruthachail, coileanadh àrdachadh le bhith:

- ◆ a' toirt fios air ais
- ◆ a' toirt cunntas air adhartas
- ◆ a' comharrachadh neartan thagraichean agus roinnean a tha a' cur feum air leasachadh

Ag ullachadh airson measadh cùrsa

Pàipear nan ceistean

Tha sia seòrsaichean cheistean ann am pàipear nan ceistean. Tha gach tè dhiubh a' measadh sgil shònraichte:

- ◆ Thoir cunntas.... . .
- ◆ Minich na h-adhbharan.... . .
- ◆ Dè cho farsaing no Dè cho cudromach..... . . no Dè cho soirbheachail..... . .
- ◆ Dèan luachadh air cho feumail 's a tha stòr X mar fhianais airson..... . .
- ◆ Dèan coimeas eadar beachdan stòran X agus Y . . .
- ◆ Dè cho slàn 's a tha stòr X a' toirt cunntas air..
- ◆ Dè cho slàn 's a tha stòr X a' mìneachadh carson...

Bu chòir freagairtean thagraichean dha ceistean 'thoir cunntas' a bhith buntainneach, fìor nam prìomh phuingean eòlais. Faodar comharra eile a thoirt dha puingean anns a bheil barrachd leasachaidh.

Airson ceistean 'mìnich', bu chòir dha freagairtean thagraichean adhbharan, seach fiosrachadh, a thoirt seachad. Bu chòir dha tagraichean an eòlas a chleachdadh gus freagairt a thoirt dhan cheist, le gach puing a' foillseachadh ceangal soilleir dhan cheist.

Airson ceistean ‘aiste ghoirid’, bu chòir dha freagairtean thagraichean prìomh phuingean eòlais buntainneach, fìor, airson taic a chur ri feartan, a thoirt seachad. Bu chòir dha na puingean sin ceangal dìreach a dhèanamh ris a’ cheist. Airson làn chreideis fhaighinn bu chòir dha freagairtean thagraichean ro-ràdh a thoirt seachad, freagairt eagraichte anns a bheil dà adhbhar co-dhiù airson cothromachd, breithneachadh no co-dhùnadh iomlan, agus adhbhar airson taic a chur ri an co-dhùnadh.

Airson ceistean ‘dèan luachadh’, bu chòir dha freagairtean thagraichean beachd mheasail a thoirt seachad airson gach feart den stòr, (ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar, tomhas-ama, susbaint an stòir agus puingean cudromach a chaidh fhàgail às). Bu chòir dha tagraichean adhbharan a thoirt seachad airson taic a chur ri am beachdan measaidh.

Airson ceistean ‘dèan coimeas’, bu chòir dha freagairtean thagraichean coimeas dìreach a dhèanamh mu shusbaint nan stòran air bunait fa leth. Gheibh tagraichean duais airson coimeas iomlan a dhèanamh a thuilleadh air coimeasan sìmplidh is leasaichte.

Airson ceistean ‘co-theacsa’, bu chòir dha tagraichean breithneachadh a dhèanamh mu dè cho slàn ‘s a tha stòr a’ toirt làn chunntas no mìneachadh air tachartas no leasachadh. Bu chòir dha tagraichean breithneachadh soilleir iomlan, puingean buntainneach bhon stòr agus cuimhne a thoirt seachad airson taic a chur rim breithneachadh.

Obair shònraichte

’S ann airson gum bi tagraichean a’ foillseachadh an comais airson an sgilean, an eòlais is an tuigse a chleachdadh airson ceist eachdraidheil den roghainn fhèin a fhreagairt a tha obair shònraichte ann an Eachdraidh Nàiseanta 5. Faodaidh seo a bhith co-cheangailte ri roinnean a tha iad air sgrùdadh sa chlas ma thogras iad ach tha iad saor airson rannsachadh a dhèanamh air ceist eachdraidheil sam bith. ’S dòcha gum bi iad airson an cothrom seo a chleachdadh gus rannsachadh a dhèanamh air roinnean eachdraidh ionadail no roinn ùidheil a dh’èirich à sgrùdadh a rinn iad sa chlas.

Tha an 20 comharra a tha ri fhaighinn air an roinn thairis air ochd ìrean (a’ toirt a-steach, a’ toirt iomradh, eòlas, a’ mion-sgrùdadh, a’ luachadh, ag eagrachadh, a’ co-dhùnadh agus a’ toirt taic dha co-dhùnadh).

Tha na leanas a’ tabhann stiùireadh air an sgil ‘luachaidh’ ann an obair shònraichte Nàiseanta 5:

- ◆ Ann a bhith a’ luachadh buaidh iomlan nam factaran, bu chòir do thagraichean dèanamh cinnteach gun toir iad beachdan leudaichte seachad. Faodaidh beachd luachaidh dligheach a bhith a’ toirt a-steach:
 - beachd farsaing agus/no smuaintean a tha a’ leudachadh mìneachadh a rinneadh roimhe air an fhactar air a bheilear a’ dèiligeadh. Bu chòir don aithris seo breithneachadh reusanta a dhèanamh air cho cudromach sa tha am factar air a bheilear a’ bruidhinn an coimeas ris na factaran eile a thagh an tagraiche

— fianais agus/no tuilleadh mìneachaidh gus taic a thoirt don bheachd fharsaing agus/no na smuaintean a thathas a' cur an cèill

- ◆ Ann an obair shònraichte leis a' cheist: 'Dè an ìre gur e propaganda an t-adhbhar as cudromaiche airson saor-thoilich Albannach a bhith a' sabaid air an Aghaidh an Iar ann an 1914?', is dòcha gur e eisimpleir de smuain measaidh air factar a' phropaganda: "Uile gu lèir, bha propaganda nas cudromaiche ann a bhith a' brosnachadh Albannaich gabhail san airm gu saor-thoileach ann an 1914 na an dàrna cuid gràdh-dùthcha no na feachdan-charaidean. Bha seo airson gu robh impidh gabhail san arm gu saor-thoileach air sgàth propaganda a' toirt a-steach chan e a-mhàin postairean, ach cha mhòr a h-uile taobh de bheatha làitheil bho chosnadh gu cur-seachad.
- ◆ Ann an obair shònraichte leis a' cheist: 'Dè cho soirbheachail 's a bha na h-Ath-leasachaidhean Libearalach, 1906–1914, ann a bhith a' cuideachadh an fheadhainn a bha ann an cunnart bho bhochdainn?', is dòcha gur e eisimpleir de smuain measaidh air na h-ath-leasachaidhean airson factar na h-òigridh: 'Le bhith ga luachadh, tha e soilleir nach robh na h-ath-leasachaidhean Libearalach airson na h-òigridh cho soirbheachail ris na rinneadh do sheann daoine agus daoine tinn. Is e fianais a tha a' toirt taic dha seo gu robh na h-ath-leasachaidhean airson na h-òigridh slaodach gu bhith air an cur an gnìomh, a' ciallachadh gu robh a' bhuidhe aca glè thrì cuingealaichte ro 1914'

Tha an obair shònraichte ag iarraidh air tagraichean ceist/cùis iomchaidh a thaghadh agus freagairt leudaichte a sgrìobhadh fo chumhachan faire taobh a-staigh uair a-thìde agus ann an aon suidhe.

Eisimpleirean de thotalan airson na h-obrach (airson stiùireadh a-mhàin):

- ◆ Dè an ìre gum b' e deagh phlanadh am prìomh adhbhar a chaidh le Alba aig Blàr Drochaid Shruighlea?
- ◆ Dè cho soirbheachail 's a bha ath-leasachaidhean nan Làbarach ann a bhith a' cruthachadh stàit shochairan èifeachdach?
- ◆ Dè cho cudromach 's a bha sannt mar adhbhar airson daoine a bhith a' gabhail pàirt anns a' Chiad Chogadh-croise?

Bidh na tiotalan seo a' tarraing air eòlas agus tuigse bho na trì raointean de Sgrùdadh Eachdraidheil a tha air an còmhach sa chùrsa: Alba, Breatann; agus An Roinn Eòrpa agus an Saoghal, fa leth.

Tha stiùireadh mionaideach air comharrachadh air a thoirt seachad ann an gnìomh measaidh na h-obrach sònraichte.

Gheibh tagraichean a tha a' taghadh thotalan a rèir eisimpleiran nan tiotalan gu h-àrd, a dh'fheumas measadh air na h-adhbharan airson leasachadh, no measadh air buaidh leasachaidh, cothrom air an làn raon de chomharran a rèir an eòlais agus na sgilean a sheallas iad.

Tha na clàran a leanas a' sealltainn nan comharran a dh'fhaodadh a bhith rim faighinn airson freagairtean do dhiofar sheòrsaichean cheistean, ged a dh'fhaodadh gum bi tuilleadh chomharran rim faighinn a rèir an eòlais agus na sgilean a tha air an sealltainn.

Thathas a' cur an cuimhne ionadan agus tagraichean gun cuidich tiotal a tha air a dheagh thaghadh tagraichean le bhith a' taisbeanadh an sgilean, gu sònraichte na sgilean as àirde a bhuineas ri mion-sgrùdadh agus luachadh.

Ceistean tuairisgeulach (10/20 a' chuid as motha) — (tha na bogsaichean neo-sgàilichte a' sealltainn nan comharra a tha ri fhaighinn)

Slatan-tomhais		0 chomharra	1 chomharra	2 chomharra	3 comharra	4 comharra
A	A' toirt a-steach na ceist no na cùise	gun oidhirp airson a' cheist no a' chùis a thoirt a-steach	feartan buntainneach gan comharrachadh	tha a' cheist no a' chùis suidhichte na co-theacsa eachdraidheil is tha feartan buntainneach air an comharrachadh		
B	A' cleachdadh fiosrachadh bho stòran air an deach iomradh a dhèanamh airson taic a chur ri feartan	chan eil iomradh air a thoirt air fianais	fianais gun deach fiosrachadh a thoirt bho aon stòr (air an deach iomradh soilleir, dìreach a thoirt)	fianais gun deach fiosrachadh a thoirt bho dhà stòr eadar-dhealaichte co-dhiù (air an deach iomradh soilleir, dìreach a thoirt)		
C	A' cleachdadh eòlas eile gus taic a chur ri feartan	cha deach eòlas a chleachdadh	aon phuing eòlais ga cleachdadh	dà phuing eòlais gan cleachdadh	trì puingean eòlais gan cleachdadh	ceithir puingean eòlais gan cleachdadh
D	A' mion-sgrùdadh buaidh diofar fheartan	dh'fhaodadh gun deach feartan buntainneach a chomharrachadh ach cha deach am mineachadh	aon fheart buntainneach air a chomharrachadh is air a mhìneachadh	dà fheart bhuntainneach air a chomharrachadh is air a mhìneachadh	trì feartan buntainneach air an comharrachadh is air am mìneachadh	
E	A' luachadh buaidh iomlan feartan eadar-dhealaichte	cha deach beachd bhuntainneach luachaichte a thoirt air feart sam bith	beachd luachaichte air aon fheart	beachd luachaichte air dà fheart	beachd luachaichte air trì feartan	
F	Ag eagrachadh an fhiosrachaidh gus dèiligeadh ris a' cheist no a' chùis	dòigh aithriseach air a chleachdadh, air a thaisbeanadh bho aon bheachd a tha a' dèiligeadh ris a' cheist	freagairt cothromach le dà fheart bhuntainneach co-dhiù	freagairt nas cothromaiche le trì feartan buntainneach co-dhiù (no dà fheart le cothromachadh ann an aon fheart)	freagairt nas cothromaiche le trì feartan buntainneach co-dhiù le cothromachadh taobh a-staigh aon fheart	
G	A' tighinn gu co-dhùnadh a tha a' dèiligeadh ris a' cheist no a' chùis	gun oidhirp air breithneachadh a ruighinn a thaobh na ceist no na cùise (no chan eil ach geàrr-	co-dhùnadh buntainneach le breithneachadh iomlan air a' cheist no a' chùis	co-dhùnadh buntainneach le breithneachadh buntainneach air na feartan mar fhreagairt don cheist no a' chùis		

		chunntas bunaiteach air a thoirt seachad)				
H	A' cur taic ri co-dhùnadh le adhbharan	gun oidhirp air taic a thoirt dhan cho-dhùnadh le adhbhar buntainneach	taic ga thoirt dhan bhreithneachadh le co-dhiù aon adhbhar co-cheangailte gu soilleir ris an fhianais			

Ceistean mìneachail (13/20 a' chuid as motha) — (tha na bogsaichean neo-sgàilichte a' sealltainn nan comharran a tha ri fhaighinn)

Slatan-tomhais		0 chomharra	1 chomharra	2 chomharra	3 comharra	4 comharra
A	A' toirt a-steach na ceist no na cùise	gun oidhirp air a' cheist no a' chùis a thoirt a-steach	feartan buntainneach air an comharrachadh	a' cheist no a chùis air a suidheachadh na co-theacsa eachdraidheil is feartan buntainneach air an comharrachadh		
B	A' cleachdadh fiosrachadh bho stòran air an deach iomradh a thoirt gus taic a chur ri feartan	gun aithris air fianais	fianais gun deach fiosrachadh a thoirt bho aon stòr (air an deach iomradh soilleir is dìreach a dhèanamh)	fianais gun deach fiosrachadh a chruinneachadh bho dhà stòr eadar-dhealaichte co-dhiù (air an deach iomradh soilleir is dìreach a dhèanamh)		
C	A' cleachdadh eòlas eile gus taic a chur ri feartan	cha deach eòlas sam bith a chleachdadh	aon phuing eòlais ga cleachdadh	dà phuing eòlais gan cleachdadh	trì puingean eòlais gan cleachdadh	ceithir puingean eòlais gan cleachdadh
D	A' mion-sgrùdadh buaidh feartan eadar-dhealaichte	faodaidh gun deach feartan eadar-dhealaichte a chomharrachadh ach cha deach am mìneachadh	aon fheart bhuntainneach air a chomharrachadh is air a mhìneachadh	dà fheart bhuntainneach air a chomharrachadh is air a mhìneachadh	trì feartan buntainneach air an comharrachadh is air am mìneachadh	
E	A' luachadh buaidh iomlan feartan eadar-dhealaichte	cha deach beachd bhuntainneach luachaichte a thoirt air feart sam bith	beachd luachaichte air aon fheart	beachd luachaichte air dà fheart	beachd luachaichte air trì feartan	

F	Ag eagrachadh an fhiosrachaidh airson dèiligeadh ris a' cheist no a' chùis	chaidh dòigh aithriseach a chleachdadh, air a thaisbeanadh bho aon bheachd a tha a' dèiligeadh ris a' cheist	freagairt cothromaichte le dà fheart bhuntainneach co-dhiù	freagairt nas cothromaiche le trì feartan buntainneach co-dhiù (no dà fheart le cothromachd ann an aon fheart)	freagairt nas cothromaiche le trì feartan buntainneach co-dhiù le cothromachd ann an aon fheart	
G	A' tighinn gu co-dhùnadh a tha a' dèiligeadh ris a' cheist no a' chùis	gun oidhirp air breithneachadh a ruighinn a thaobh na ceist no na cùise (no chan eil ach geàrr-chunntas bunaiteach air a thoirt seachad)	tha co-dhùnadh buntainneach ann le breithneachadh iomlan mun cheist no a' chùis	tha co-dhùnadh buntainneach ann le breithneachadh dàimheach de na feartan mar fhreagairt don cheist no a' chùis		
H	A' toirt taic do cho-dhùnadh le adhbharan	gun oidhirp air taic a thoirt dhan cho-dhùnadh le adhbhar buntainneach	tha taic ga thoirt dhan bhreithneachadh le co-dhiù aon adhbhar a tha ann an dàimh soilleir ris an fhianais a chaidh a thaisbeanadh			

Ceistean Dearbhach/Àicheil (13/20 a' chuid as motha) — (na bogsaichean neo-sgàilichte a' sealltainn nan comharran a tha ri fhaighinn)

Slatan-tomhais		0 chomharra	1 chomharra	2 chomharra	3 comharran	4 comharran
A	A' toirt a-steach na ceist no na cùise	gun oidhirp air a' cheist no a' chùis a thoirt a-steach	feartan buntainneach gan comharrachadh	a' cheist no a' chùis air a suidheachadh ann an co-theacsa eachdraidheil agus feartan buntainneach air an comharrachadh		
B	A' cleachdadh fiosrachadh bho stòran air an deach iomradh a thoirt gus taic a chur ri feartan	gun iomradh air fianais	fianais gun deach fiosrachadh a chruinneachadh bho aon stòr (air an deach iomradh soilleir is dìreach a thoirt)	fianais gun deach fiosrachadh a chruinneachadh bho co-dhiù dà stòr eadar-dhealaichte (air an deach iomradh soilleir is dìreach a dhèanamh)		

C	A' cleachdadh eòlas eile airson taic a thoirt dha feartan	cha deach eòlas sam bith a chleachdadh	aon phuing eòlais air a cleachdadh	dà phuing eòlais air a chleachdadh	trì puingean eòlais air an cleachdadh	ceithir puingean eòlais air an cleachdadh
D	A' mion-sgrùdadh buaidh feartan eadar-dhealaichte	dh'fhaodadh gun deach feartan buntainneach a chomharrachadh ach cha deach am mineachadh	aon fheart bhuntainneach air a chomharrachadh is air a mhìneachadh	dà fheart bhuntainneach air a chomharrachadh is air a mhìneachadh	trì feartan buntainneach air an comharrachadh is air am mìneachadh	
E	A' luachadh buaidh iomlan feartan eadar-dhealaichte	cha deach beachd bhuntainneach luachail a dhèanamh air feart sam bith	beachd luachail air aon fheart	beachd luachail air dà fheart	beachd luachail air trì feartan	
F	Ag eagrachadh an fhiosrachaidh airson dèiligeadh ris a' cheist no a' chùis	dòigh aithriseach air a chleachdadh, air a thaisbeanadh bho aon bheachd a tha a' dèiligeadh ris a' cheist	freagairt cothromach le co-dhiù dà fheart bhuntainneach	freagairt nas cothromaiche le co-dhiù trì feartan buntainneach (no dà fheart le cothromachd ann an aon fheart)	freagairt nas cothromaiche le co-dhiù trì feartan buntainneach le cothromachd ann an aon fheart	
G	A' tighinn gu co-dhùnadh a tha a' dèiligeadh ris a' cheist no a' chùis	gun oidhirp air breithneachadh a ruighinn a thaobh na ceist no na cùise (no gun ach geàrr-iomradh bunaiteach air a thoirt seachad)	co-dhùnadh buntainneach a tha a' dèanamh breithneachadh iomlan air a' cheist no a' chùis	co-dhùnadh buntainneach le breithneachadh dàimheach air na feartan mar fhreagairt don cheist no a' chùis		
H	A' cur taic ri co-dhùnadh le adhbharan	gun oidhirp air taic a thoirt dhan cho-dhùnadh le adhbhar buntainneach	taic ga thoirt dhan bhreithneachadh le co-dhiù aon adhbhar a tha co-cheangailte gu soilleir ris an fhianais			

A' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach

Bu chòir dha luchd-dealbhachaidh chùrsaichean cothroman a chomharrachadh dha tagraichean airson sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach a leasachadh.

Bu chòir mothachadh a bhith aig tagraichean de na sgilean a tha iad a' leasachadh agus faodaidh tidsearan no òraidichean fianais a thoirt seachad mu chothroman airson ruith thairis orra is an leasachadh.

Cha bhi SQA a' dèanamh measadh foirmeil air sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach.

'S dòcha gum bi cothroman ann cuideachd airson tuilleadh sgilean a leasachadh a rèir dè na dòighean a th' air an cleachdadh airson an cùrsa a libhrigeadh anns gach ionad. Tha seo an urra ri cead bho tidsearan is òraidichean.

Tha comhairle a bharrachd gu h-ìosal air mar a dh'fhaodas sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach a leasachadh.

1 Litearrachd

Tha Eachdraidh freagarrach airson sgilean litearrachd a leasachadh gu sònraichte leughadh is sgrìobhadh. Bu chòir brosnachadh a thoirt dha tagraichean airson leughadh cho farsaing 's a ghabhas a dhèanamh agus sgrìobhadh leudaichte a chruthachadh nuair a tha sin iomchaidh gus an cuideachadh le dhol air adhart gu cùrsa Àrd-Ìre Eachdraidh, sgrùdadh a bharrachd, cosnadh no trèanadh.

1.1 Leughadh

1.2 Sgrìobhadh

Mar eisimpleir, faodaidh iad caochladh theacsaichean a leughadh air cuspair no cùis a tha iad a' sgrùdadh, a' gabhail a-steach raon phàipearan-naidheachd ann an clò no ann an cruth eileagtronaigeach. Faodaidh iad sin a sgrùdadh còmhla ri rannsachadh acadamaigeach no aithisgean riaghaltais aig ìre fhreagarrach. Tha seo a' ciallachadh gu bheil iad comasach air beachdachadh air mòran theacsaichean eadar-dhealaichte agus beachdachadh air am buannachdan no an cuingealachdan a thaobh a bhith a' tabhann fiosrachadh a bheir cuideachadh dhaibh le an obair shònraichte. Tha an cùrsa seo cuideachd a' toirt deagh chothrom seachad airson sgilean sgrìobhaidh a leasachadh. Mar eisimpleir, faodaidh iad cunntas is geàrr-chunntas a thoirt air an rannsachadh a rinn iad, measadh is luachadh a dhèanamh air an luach a th' ann an stòran eadar-dhealaichte agus beachdan is barailean a chur an cèill, a thuilleadh air a bhith a' meòrachadh gu pearsanta air na tha iad air ionnsachadh.

4 Fastaidheachd, iomairt is saoranachd

4.6 Saoranachd

Tha saoranachd air a leasachadh tro bhith a' sgrùdadh an àite a th' aig Alba anns an t-saoghal, fèin-mhothachadh is ionannachd.

Le bhith a' sgrùdadh àm timeil Eòrpach no Cruinneil bidh tagraichean a leasachadh sealladh nas fharsainge is nas doimhne air tachartasan is cuspairean cudromach eadar-nàiseanta.

Anns a' chùrsa seo bidh tagraichean a' coinneachadh is a' cleachdadh raon farsaing de stòran fiosrachaidh. Bu chòir brosnachadh a thoirt dha tagraichean airson stuth bho stòran eachdraidheil a mhìneachadh is a luachadh. Bu chòir am brosnachadh airson clàradh is taisbeanadh a dhèanamh air fiosrachadh bho dhiofar stòran, me leabhraichean, notaichean, leasan is an eadar-lìon, ann an caochladh dhòighean eadar-dhealaichte, me eacarsaichean air luachadh stòran; a' cruthachadh taisbeanaidhean; filmichean; atharraisean; deasbadan; còmhradh clas; sgrìobhadh leudaichte; agallamhan le buill den phoball; obair rannsachail; cruthachadh loidhnichean-tìm; obair fa leth; agus obair buidhne - bheir iad uile cuideachadh le sgilean smaoineachaidh thagraichean a leasachadh.

5 Sgilean smaoineachaidh

5.3 A' cleachdadh

5.4 A' mion-sgrùdadh

Tha sgilean smaoineachaidh gan leasachadh thairis air amannan timeil air fad. Tro nàdar sgrùdadh eachdraidheil, bidh tagraichean a' leasachadh is a' cleachdadh an tuigse air prìomh chùisean is prìomh thachartasan. Dh'fhaodadh tagraichean a bhith ag obair le caochladh stòran fiosrachaidh anns a bheil caochladh iom-fhillteachd gus cuideachadh le leasachadh an comais airson an t-eòlas seo a thuigsinn, a mhion-sgrùdadh, a luachadh is a chleachdadh.

Pàipear-taic 2: stiùireadh air measaidhean a chruthachadh airson Nàiseanta 5

Ro-ràdh

Tha an stiùireadh a leanas stèidhichte air liostaichean-sgrùdaidh a chleachd luchd-sgrùdaidh Nàiseanta 5 SQA. Tha e a' toirt stiùireadh do thidsearan agus òraidichean mu bhith a' cruthachadh stuthan measaidh a tha a rèir inbhean nàiseanta.

Stiùireadh:

Pàipear nan ceistean (80 comharra)

Structar

- ◆ Bidh pàipear nan ceistean a' samplachadh nan ceithir prìomh chùisean, anns gach pàirt, bho gach aon de na trì earrannan den chùrsa.
- ◆ Is iad na sia seòrsaichean ceiste:
 - ceist eòlais (Thoir cunntas)
 - ceist eòlais (Mìnich)
 - ceist eòlais (aiste ghoirid, Gu dè an ìre... no Dè cho cudromach... no Dè cho soirbheachail...)
 - ceist luachadh stòir (Dèan luachadh)
 - ceist luachadh stòir (Dèan coimeas)
 - ceist co-theacs stòir (Dè cho slàn)
- ◆ Tha na trì earrannan a rèir a' mhion-fhiosrachaidh gu h-ìosal (bidh na h-earrannan sin gan taghadh air thuaiream gach bliadhna).

earrann 25-comharra

- ◆ 1 x ceist Thoir cunntas
- ◆ 1 x ceist Mìnich
- ◆ 1 x ceist Dèan luachadh (bidh a' cheist seo stèidhichte air **dàrna** stòr).
- ◆ 1 x ceist Dèan Coimeas (bidh a' cheist seo stèidhichte air stòran a tha **a' dol an aghaidh a chèile**).
- ◆ 1 x ceist Co-theacsa (is e freumh na ceiste seo, 'Dè cho slàn 's a tha Stòr X **a'** mìneachadh ...?')

earrann 26-comharra

- ◆ 1 x ceist Mìnich.
- ◆ 1 x ceist aiste ghoirid.
- ◆ 1 x ceist Dèan luachadh (bidh a' cheist seo stèidhichte air **prìomh** stòr).

- ◆ 1 x ceist Co-theacsa (is e freumh na ceiste seo, 'Dè cho slàn 's a tha Stòr X a' toirt tuairisgeul air ...?')

earrann 29-comharra

- ◆ 1 x ceist Thoir cunntas
- ◆ 1 x ceist Mìnich.
- ◆ 1 x ceist aiste ghoirid.
- ◆ 1 x ceist Dèan Coimeas (bidh a' cheist seo stèidhichte air stòran a tha **ag aontachadh ri chèile**).
- ◆ 1 x ceist Co-theacsa (is e freumh na ceiste seo, 'Dè cho slàn 's a tha Stòr X a' toirt tuairisgeul air ...?')
- ◆ Faodar na diofar seòrsaichean ceiste gu h-àirde fhaighneachd ann an òrdugh sam bith.
- ◆ Tha ceistean air an sgrìobhadh gus dèanamh cinnteach nach urrainnear fiosrachadh bho cheistean stèidhichte air stòr a chleachdadh gus ceistean eòlais a fhreagairt.
- ◆ Tha ceistean air an sgrìobhadh gus dèanamh cinnteach nuair a thathas a' faighneachd cheistean air an aon chùis (earrann 25-comharra agus earrann 29-comharra) gam faighneachd bho raointean eadar-dhealaichte san **tuairisgeul subsainte** bhuntainneach san t-sònrachadh cùrsa.
- ◆ Tha ceistean a bhuineas ri stòr stèidhichte air stòran foillsichte. Ma tha feum air, thèid stòran atharrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil cànan agus susbaint iomchaidh do ìre Nàiseanta 5.

Ceistean agus stiùireadh comharrachaidh

A' cheist eòlais (Thoir cunntas air) agus stiùireadh comharrachaidh

- ◆ Cleachdar am freumh 'Thoir cunntas air...'
- ◆ Tha an stiùireadh comharrachaidh a' toirt a-steach puingeann cuimhneachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann. Bu chòir dhaibh a bhith nam puingeann firinn agus/no eòlais.
- ◆ Ma thèid a' cheist seo fhaighneachd ann an Earrann 1: Co-theacsan Albannach, bu chòir don stiùireadh comharrachaidh eòlas eachdraidheil Albannach sònraichte a thoirt seachad mar phuingeann cuimhneachaidh.

A' cheist eòlais (Mìnich) agus stiùireadh comharrachaidh

- ◆ Cleachdar am freumh 'Mìnich na h-adhbharan...'
- ◆ Tha an stiùireadh comharrachaidh a' toirt a-steach puingeann cuimhneachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann. Bu chòir dhaibh a bhith nan adhbharan agus/no nam puingeann mineachaidh.
- ◆ Ma thèid a' cheist seo fhaighneachd ann an Earrann 1: Co-theacsan Albannach, bu chòir don stiùireadh comharrachaidh eòlas eachdraidheil Albannach sònraichte a thoirt seachad mar phuingeann cuimhneachaidh.

A' cheist eòlais (aiste ghoirid) agus stiùireadh comharrachaidh

- ◆ Tha na ceistean a rèir nam prìomh chùisean no raointean buntainneach anns an **tuairisgeul susbainte** bhuntainneach anns an t-sònrachadh cùrsa.
- ◆ Airson ceistean luachaidh ('Gu dè an ìre...?' no 'Dè cho cudromach...?') tha am factar sònraichte a rèir raon anns an **tuairisgeul susbainte** bhuntainneach anns an t-sònrachadh cùrsa.
- ◆ Cleachdar na freumhan 'Gu dè an ìre...?' no 'Dè cho cudromach...?' no 'Dè cho soirbheachail...?'.
- ◆ Tha an stiùireadh comharrachaidh a' toirt a-steach factaran is prìomh phuingeann cuimhneachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann.
- ◆ Ma thèid a' cheist seo fhaighneachd ann an Earrann 1: Co-theacsan Albannach: bu chòir don stiùireadh comharrachaidh eòlas eachdraidheil Albannach sònraichte a thoirt seachad mar phrìomh phuingeann eòlais.

A' cheist luachadh stòir (Dèan luachadh) agus stiùireadh comharrachaidh

- ◆ Ma tha a' cheist seo anns an earrainn 25-comharra agus stèidhichte air an aon prìomh chuspair ri ceist eòlais (an dara cuid Thoir cunntas air no Minich), bidh e a' samplachadh raon eadar-dhealaichte bhon **tuairisgeul susbainte** anns an t-sònrachadh cùrsa.
- ◆ Cleachdar am freumh 'Dèan luachadh air dè cho feumail 's a tha Stòr X mar fhianais air ...'.
- ◆ Ma tha a' cheist seo anns an earrainn 26-comharra, tha an seòrsa prìomh stòr ruigsinneach agus iomchaidh airson ìre Nàiseanta 5 – thoir sùil air an t-sampall pàipear cheistean airson Nàiseanta 5 Eachdraidh agus seann phàipearan bho 2018 agus 2019.
- ◆ Tha an stiùireadh stòir air a sgrìobhadh anns a' chruth iomchaidh airson an t-seòrsa stòir sin – thoir sùil air an t-sampall pàipear cheistean airson Nàiseanta 5 Eachdraidh agus seann phàipearan bho 2018 agus 2019.
- ◆ Tha an stòr eadar 75 agus 85 faclan.
- ◆ Tha 3 puingeann susbaint stòir soilleir anns an stòr.
- ◆ Tha nàdar nam puingeann susbaint stòir a' toirt cothrom do thagraichean prìomh phuingeann dearmaid a thoirt seachad.
- ◆ Anns an stòr tha co-dhiù aon phuing buairidh.
- ◆ Tha an stiùireadh comharrachaidh a' toirt a-steach beachdan luachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann mu cho feumail 's a tha gach taobh den stòr (Ùghdar, Seòrsa stòir, Adhbhar, Uair agus Susbaint).
- ◆ Tha an stiùireadh comharrachaidh a' toirt a-steach prìomh phuingeann dearmaid. Ma thèid a' cheist seo fhaighneachd ann an Earrann 1: Co-theacsan Albannach, bu chòir eòlas eachdraidheil Albannach sònraichte a thoirt seachad mar phrìomh phuingeann dearmaid.

A' cheist coimeas stòir (Dèan coimeas) agus stiùireadh comharrachaidh

- ◆ Cleachdar am freumh 'Dèan coimeas eadar na beachdan ann an Stòr X agus Stòr Y...'.
- ◆ Tha an stiùireadh stòir a' nochdadh briathran na ceiste — thoir sùil air an t-sampall pàipear cheistean airson Nàiseanta 5 Eachdraidh agus seann phàipearan bho 2018 agus 2019.
- ◆ Tha na stòran eadar 65 agus 75 faclan.

- ◆ Tha na stòran a' nochdadh bheachdan air a' chùis a chaidh a chomharrachadh anns a' cheist, stèidhichte air raon anns an **tuairisgeul subsainte** anns an t-sònrachadh cùrsa.
- ◆ Anns na stòran tha 3 puingeann soilleir de choimeas subsainte dìreach.
- ◆ Anns gach stòr tha co-dhiù aon phuing buairidh.
- ◆ Tha 3 puingeann airson coimeas subsainte dìreach anns an stiùireadh comharrachaidh agus coimeas farsaing air beachdan.

A' cheist co-theacsa stòir (Dè cho slàn...) agus stiùireadh comharrachaidh

- ◆ Cleachdar am freumh 'Dè cho slàn 's a tha Stòr X a' toirt tuairisgeul air...?' No 'Dè cho slàn 's a tha Stòr X a' mìneachadh...?'.
- ◆ Tha an stiùireadh stòir a' nochdadh briathran na ceiste — thoir sùil air an t-sampall pàipear cheistean airson Nàiseanta 5 Eachdraidh agus seann phàipearan bho 2018 agus 2019.
- ◆ Tha an stòr eadar 80 agus 90 faclan.
- ◆ Tha 4 puingeann mìneachaidh soilleir anns an stòr.
- ◆ Tha nàdar nam puingeann mìneachadh stòir a' toirt cothrom do thagraichean prìomh phuingeann dearmaid a thoirt seachad.
- ◆ Anns an stòr tha co-dhiù aon phuing buairidh.
- ◆ Anns an stiùireadh comharrachaidh tha puingeann a chaidh a chomharradh bhon stòr (2020–21), no puingeann a chaidh a chomharradh bhon stòr agus smuaintean sam bith a sheallas mìneachadh air na puingeann stòir (bho 2021–22).
- ◆ Tha an stiùireadh comharrachaidh a' toirt a-steach prìomh phuingeann dearmaid a dh'fhaodadh a bhith ann. Airson ceist 'Dè cho slàn 's a tha Stòr X a' mìneachadh nan adhbharan airson...', 's e adhbharan agus/no mìneachaidhean na prìomh phuingeann dearmaid. Airson ceist 'Dè cho slàn 's a tha Stòr X a' toirt tuairisgeul air...', 's e firinnean agus/no puingeann eòlais na prìomh phuingeann dearmaid.
- ◆ Ma thèid a' cheist seo fhaighneachd ann an Earrann 1: Co-theacsan Albannach, bu chòir eòlas eachdraidheil Albannach sònraichte a thoirt seachad mar phrìomh phuingeann dearmaid.

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: Faoilleach 2021 (deasachadh 4.1)

Eachdraidh atharrachaidhean air sònrachadh cùrsa

Deasachadh	Tuairisgeul atharrachaidh	Deit
2.0	Notaichean taic a' chùrsa air a chur ris mar phàipear taice	Lùnastal 2017
2.1	<p>Pàirt 4: Breatann ag atharrachadh, clàr 1760 –1914. Atharrachadh beag air briathrachas an tuairisgeil airson Còmhdhail – canàlan is ròidean iarainn.</p> <p>Pàirt 3: SSA clàr 1850–80 — Blàr Wounded Knee air a thoirt air falbh mar eisimpleir air còmhstri eadar tuinichean agus tùsanaich Ameireagaidh.</p> <p>Pàirt 9: An Dàrna Cogadh Mòr clàr 1939–45, Cogadh le Iapan, 1941–45 — airson a bhith soilleir, tha an t-ìomradh air 'priosanaich cogaidh Iapan' anns an tuairisgeul susbaint air atharrachadh gu 'priosanaich cogaidh a bh' aig muinntir Iapan'.</p>	Sultain 2017
3.0	<p>Peanas air tagraichean nach do chuir duilleag ghoireasan a-steach air a chur ris an earrainn, 'Fianais ri thional'.</p> <p>Earrann air "Cuideachadh Reusanta" air ùrachadh.</p>	Iuchar 2019
4.0	<p>Anns na notaichean taic cùrsa, san earrainn 'Dòighean Ionnsachaidh, Teagaisg is Measaidh', chaidh còdan leithid (KU1) a thoirt a-mach. Chaidh eisimpleirean de thiotalan a dh'fhaodadh a bhith air an obair shònraichte ùrachadh agus chaidh smuaintean luachaidh a chur ris an earrainn 'Obair Shònraichte'.</p>	Sultain 2019
4.1	<p>Chaidh stiùireadh air measaidhean a chruthachadh a chur ris an sgrìobhainn mar phàipear-taic.</p>	Faoilleach 2021

Faodar an sònrachadh cùrsa seo ath-fhoillseachadh gu h-ìomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim mura tèid prothaid sam bith a dhèanamh às an ath-fhoillseachadh agus ma thèid pàirt dheth ath-fhoillseachadh gun tèid aithne a thoirt dhan stòr. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-sònrachadh cùrsa seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig www.sqa.org.uk.

Thoir fa-near: tha comhairle ga thoirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire den t-sònrachadh cùrsa.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2012, 2017, 2019, 2021